

**BOSTON**  
**AGUS**  
**NĀ MAIRTIRICH**

6. B.

H. M. 185.

Льва. н. 29



# CO'-EIGNAGHADH SOISGEULACH:

## S E A R M O I N

LEIS AN

URRAMACH TOMAS BOSTON.

*Maile ri Cumantas aithghear air an dithis Mhairtearach  
ainmeil,*

HUISTEAN M'CATHAIL AGUS SEUMAS RENUIC,

LE

**AONGHAS M'DHONUILL,**  
*OILTHIREACH.*

I N B H I R N I S :

CLODH-BHUAILTE LE MAC ILLEATHAN AGUS PATERSON.

1863.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY COLLECTION

## A MHUINNTIR GHLEANN URACHADAINN, AGUS GHLINE MOREASDUINN.

SORUIDH DHUIBH LE DEAGH DHURACHD,

Is fad an uine o b' aithne dhuinn a cheile ;  
's bho Thigh an Teampuill gu Cruachan Lunnduidh, cha  
robh tigh-mor, na bothan, anns nach robh mi eolach, na  
gealabhain laiste anns an da Ghleann, nach robh deagh bheath  
dha Aonghas-an-Domhnalluich gu e fein a gharadh na 'm  
b'fheadar e. Chaochail cuiscan o'n uair sin, ann an  
duthaich mo bhreth. Le foirneart agus miruin naimhdean,  
chaidh an comunn pearsanta a bha caduruinn a bhriseadh ;  
ach f had sa bhios an anail 's na pollarain so, cha chaochail an  
toil, an gradh, 'san cud a bha sa bhroilleach so dhuibh,  
" A dh' aindeoin co theireadh e."

Thaobh an ceangal do-fhuasgailte, ach le bas, a bha cad ir  
sibh fein agus cairid, a ta o chionn iomadh bliadhna na  
luidhe ann an suain a bhais, 'sa chaith a la nar measg g' ar  
teagasg, mar a ta cuimhne mhaith aig cuid agaibh, bha mi  
anabharrach iarrtusach air gu'm biodh cuimhneachan beag  
air chor eigin caduruinni, a dh'inneadh do'n linn a thig nar  
deigh m' an daimh nach d'fhalbh, mun rachadhmaid thar an  
t-shruth o nach pill am fear turuis ; ach do thaobh an cor  
anns 'n do cheadaich Riaghlair mor na cruinne mi bhi air mo  
shuidheachadh, cha robh e m' chomas, fhad 's bu leir dhomh,  
ni na bu fhreagaraich na leabhran beag a chuir a mach  
dhuibh anns a chainnt Ghacleach, math-a-dh'fhaoite a mhai-  
reas ni 's faide na cloich chuimhne a thogta aig ceann uaigh  
Iaoich.

Tha mi 'n duil nach cuir sibh miodail seanchas as mo  
leth, nuair a their mi, nach eil fo'n ghrein sluagh cile a's  
ionmhuinn leam, 'sa b-annsa leam cinneachadh anns na h-uile  
maith, na sibh fein. Ma 's e toil an Fhìr-gleidhidh dhaoine  
e, cha'n fhada san cluinn sibh uam a rithist. Aig an am,  
gabhadh mi slan leibh, le bhi ag radh,

Gur mi bhur Cairid teo-chridheach,

AONGHAS MACDHONUILL.

Inbhirnis, Cheud la de'n Oubdath Mios, 1863.



## CO-EIGNEACHADH SOISGEULACH.

---

“*Co-eignich iad gu teachd a steach.*”—LUCAS XIV., 23.

Agus nach sona iadsan a ta steach? Am bheil bhur carraig mar an carraig-san, O pheacacha? Thugaibh fein breith, agus e'uime nach tig sibhse steach mar an ceudna. Cha'n eil tigh Chrìosd fathasd air a lionadh. Thainig moran a stigh, ach “gidheadh tha ait falamh ann fathast” airson tuille, rann 22. Agus tha sinne air ar cuir amach gu “ur co-eigneachadh gu teachd a steach.” Tha sin air a sparradh oirnn 'nar bonn-teagaisg.

Se brìgh a chosamhlachd so (ata ciallachadh an aon ni ris a chuir phosaidh ata ann an soisgeul Mhata. xxii) a bhi nochdadh cuir air chul nan Iudhach airson an diultadh air Crìosd, agus gairm nan Cinneach 'nan aite. Si 'n t-shuipeir chum am bheil iad air an cuireadh 'an so, Iosa Crìosd, le uile shochairan tearnaidh: is esan maraon fear deasachaidh, agus brìgh na suipeir so. Ann am maduinn uine, ann an linn-tìbh na'n aithrichibh, bha daoine air an cuireadh chum na feisde so; oir eadhon aig an am sin, cha robh an saoghal a dh'easbhuidh luchd searmonachaidh fireantachd, 2 Pead. ii., 5. Anns a mheadhon-latha, fo'n lagh, bha daoine air an cuireadh chum na feisde so, le fàidhean, sagairt, agus Lebhithich. Agus anis anns an fheasgar, anns na amanaibh deireannach, amana an t-soisgeul, tha iad air an gairm da h-ionnsuidh mar gu suipeir; air da frithealadh an t-soisgeul, a bhi frithealadh deireannach grais do'n t-saoghal. Fhuair na Iudhaich a cheud tairgse, ach cha tigeadh iad; ghabh iad an leith-sgeulan, mar a leughas sibh aig roinn 17, 18, 19, 20, de na chaibdeil so, Tha na Cinnich a faighail an ath thairgse; tha 'n seirbhiseach air a chuir amach gu sraidibh agus gu caol-shraidibh a bhaile: tha ministerean Chrìosda' searmonachadh an t-soisgeul do na Cinnich bhochd, agus tha iad a gabhail ris. Ach cha'n cil na h-uile teachd

a stigh comhlath : uime sin tha 'n seirbhiseach air a chuir a mach "gus na rathaidibh mora, agus na garachaibh" far an bheil an seorsa is ro thruaighe do shluagh ri 'm faotainn, agus feumaidh eadhon iad so, a bhi air an co-eigneachadh gu teachd a steach. Feudaidh e bhith, gu'n robh suil aig cuir amach an t-seirbhiseach da uair, ri rathad an Tighearna ann am frithealadh an t-soisgeul do'n t-saoghal Gheintileach ; air da'n t-soisgeul air tus a bhi air a shearmonachadh do na mheud dhiu sa chuir eul ri iodhol-aoraidh an ducha, 'sa rinn aoradh do'n fhior Dhia ; agus a chruinnich cuid a dh-uairean maille ris na Iudhaich na'n sionagogaibh gu eolas De fhoghlum uatha, ged nach do ghabh iad ri pairt dheas-ghnathach do crabhadh nan Iudhach : dh'fheudadh iad so gu cothromach a bhi air an cumail a mach mar "na daoine ciurramach, na bacaich, agus na doill" nan suidhe ann an sraidibh agus caolshraidibh a bhaile. Ach na dheigh sin bha 'n soisgeul air a thoirt chum nan oisuibh bu ro-dhuirche de 'n talamh, far nach robh suim aon chuid air crabhadh Iudhach na Cinneach, ach a bha uile air dol fodha, anns an iodhol-aoraidh agus anns an aineolas bu ro-ghraineil ; ni a dh' fheudadh gu cothromach a bhi air a chumail a mach mar 'na rathaidibh mora, agus na garachaibh. Faic Gnìomh x. agus xiii. 42, 46, 49.

Tha againn anns a bhonn teagasg tri nithe. (1) A chrioch mhor a bhuineadh do mhinistearan a bhi aca fa chomhair an suil, ann an searmonachadh an t-soisgeul ; agus is e sin, peacaich a thoirt a steach gu Crìosd. Cha 'n ann a mhain ga 'n tarruing gu pairtidh, ach ga'n tarruing gu Crìosd. Cha 'n e mhain a bhi toirt orra a bhi ag atharrachadh an oibre na'n seirbheis, air dhoibh bhi fathast a fantuinn a a nuigh le bhi searmonachadh modhalachd a mhain dhoibh ; ach is e a bhi toirt orra am maighstir atharrachadh mar an ceudna, le bhi ga'm faighail gu Crìosd tre chreidimh. (2) Feumaidh ministearan an deagh aire a thoirt co ris a ta aca ri dheanamh gu'n toirt a steach ; eadhon iadsan a ta na'n suidhe anns na rathaidibh mora agus anns na garachaibh, mar dheircich ann am broineagan agus fo chreuchdan, a chuid is neo-airidh agus is graincil do pheacaich. (3) An doigh a dh'fheumas iad a chleachdadh chum am faotainn a steach ; "Co-eignich iad gu teachd a steach." Cha 'n ann



le bhì deanamh ainneart air an cuirp. Chuir Criosd claidheamh an Spioraid ann an laimh-a mhinistearan, ach cha do chuir e claidheamh tiomail nan laimh. Feudaidh gear leanmhuinn le luchd airm, le pianadh, le croich, agus claidheamh, a bhì na meadhonaibh chum daoine iomain a stigh gus an ana-criosd, ach cha toir sin gu brath a stigh gu Criosd iad. Is co-eigheachadh modhail a ta againn sa bhonn-teagaisg; a leithid 'sa tha muinntir a cleachdadh ata cuireadh sluaigh gu cuirm, cha 'n ann gan slaodadh a stigh le spairn, ach ga'n cuireadh le caoimhneas agus dian-iarrtas gus am faigh iad an aonta. 'S ann mar sin bu choir do mhinistearan peacaich a cho-eigheachadh gu teachd gu Criosd, a' buintinn riu gu teo-chridheach agus da rìreamh, chum is gu faiceadh peacaich gu 'm bheil ministearan ro-dhurachdach air ghnòthuch a' Maighstir. Feumaidh sinn cuiridhean agus fairsgean caoimhneil an t-soisgeul, a thoirt dhoibh air an aon laimh, agus "uamhas an Tighearna," air an laimh eile, air chor 's ma theid daoine chum ifrinn, gu 'n teid iad an sin le fianuis na'm broilleach. Fadheoidh, tha lan eifeachd an Spioraid Naoimh air a thoirt fainear an so, a ta co-chuideachadh an fhocail, gu dheanamh eifeachdach chum iompachaidh an taghaidh; nach eil a deanamh spairn orra, ach gu caoimhneil gu 'n-eigheachadh gu teachd a steach.

TEAGASG.—Is i obair mhor mhinistearain, peacaich a cho-eigheachadh ann an doigh soisgeulach gu theachd a stigh gu Criosd.

'Se 'n doigh is fearr ann 's an urrainn dhomh am bonn-teagaisg so a laimhseachadh, mo shuil a chumail air a' nì sin a ta air a sparradh ann. Agus chum na crìche sin, bheir mi fainear cìod a ta air fhilleadh ann. Ann's

1. Tha peacaich do thaobh naduir a mach. Mar biodh iad mar sin, cha bhiodh feum airson an co-eigheachadh gu teachd a steach. Eisdibh sibhse uile a ta 'n diugh a mach a Criosd, co as a ta sibh a mach, agus e'aite am bheil sibh.

Air tus, A pheacacha, am bheil fhios agaibh co as a ta sibh a mach? (1.) Sibhse uile a ta mach a Criosd, tha sibh amach a teaghlach Dhe—Eph. ii. 18, 19. Is e teaghlach Dhia, teaghlach a chreidimh; cha bhui sibhse dhi. Feudaidh a thigh a bhì na thigh falamh air bhur sonsa. Theich Adhamh 'sa shìochd uile maille ris, amach as antigh; agus

Tha sibhse an sin fathast far an d-fhag Adhamh sibh. Agus nach dubhach an cor sin, a bhi 'mach a teaghlach Dhia? Ged tha sibh ann an tigh ar mathair, cha chomasach dhuibh athair a ghairm dheth-san, do bhrìgh nach eil sibh ann an Criosd a Mhac! cha'n urradh sibh euibhrionn na oighreachd na cloinne a thagar—Gal. iv. 30. (2.) Tha sibh a mach o co-cheangal sith Dhe, agus mar sin gun dochas slainte, am feadh'sa ta sibh anns an staid sin—Eph. ii. 12. Tha sibh a leughadh mu charabad glormhor, ann an Dan. Shol. iii. 9, 10. Is e sin cumhnant gras, cumhnant sith, mar air a chumail a mach anns an t-soisgeul shiorruidh; oir is e sin “focal na firinn, na macantachd, agus na fireantachd,” air am bheil Criosd a marcachd agus a toirt buaidh. Be cumhnant nan gnìomh an carabad anns robh Adhamh agus a shliochd gu bhi air an giùlan do neamh: b'ann aig Adhamh a bha stiùireadh a charabad so, ach cha b'fhada mharaich e, nuair a bhriseadh an carabad na bhloighdean. Nis a ta carabad nuadh air a dheanamh anns a bheil Criosd a' giùlan a shluagh uile gu glòir; ach tha sibhse a mach as. B'e Rìgh Solamh, an t-Eadar-Mheadhonair Criosd a rinn e; cha robh neach eile comasach air a dheanamh ach esan. Rinn se e air a shon fein, gu bhi foillseachadh a ghloir fein, agus anabarra saoi bhreas a ghrais leis; agus “airson nigheanaibh Ierusalem, chum a cheile ghiulan dachaidh ann' gu tigh Athair. Rinn se e do “fhìodh maireannaich Lebanon,” oir is aill leis an carabad a bhi na chumhnant siorruidh nach teid a chaoidh a bhriscadh. Tha aig a charabad so “puist do airgid” na geallanna oirdheire sin a ta co sonruichte do chumhnant gras, mar tha gealladh maitheanais, buan-mhaireannachd sa leithid sin, oir ta e “air a dhaingneachadh air geallanna ni's fearr.” Agus do bhrìgh nach cudthrom beag a ta anns a charabad so nuair ata peacach ann, rinn e “iochdar do or” daingean agus laidir, air chor 's nach tuit neach ata ann gu brath troimh, ged bu truime iad na beannaibh luaidh; “Oir a ta bunait Dhe a' seasamh daingean, aig am bheil an seula so, Is aithne do'n Tighearn an dream as leis”—Tim. ii. 19. Tha iad air an deanamh tearuinte le ordugh siorruidh taghaidh Dhe. Cha tuit doinniann feirg gu brath orra-san a ta sa charabad so, air a ta comhdach air do fhuil cro-dhearg Iosa Criosd. “Tha a mheadhon, au

taobh a stigh dheth air a chomhdach le gradh": tha gradh a linigeadh a charabaid; tha e os an cionn, air gach taobh dhin; seadh tha e fodhpa, air chor is ged thuiteadh iad ann, nach fhaigh iad leithid do thuiteam craiteach, is nach comasach dhoibh eirigh a ris. Is sona iadsan a ta ann, ach, mo thruaigh a pheacacha tha sibhse a mach as. Tha sibh 'nur luidhe far do leig a cheud charabad sibh nuair a bhris e. (3.) Tha sibh a mach o fhabhor Dhe, air dhuibh a bhi mach a' Criosd: nis tha sin uamhasach, "oir a ta ar Dia-ne na theine dian-loisgeach," agus cha 'n eil fasgaidh o fheirg Dhe, ach a bhi fo' chomhdach fuil an Eadar-mheadhonnair—Eph. ii. 13. Tha 'n aingeal sgriosaidh a' teachd seachad, ach cha'n eil fuil crathta air ursanaibh bhur dorsa. Tha Dia ann an Criosd a reiteachadh an t-saoghail ris fein; mar tig sibhse a stigh, agus a choinneachadh 'an sin, ciod ris am bi duil agaibh ach gu'n coinnich e sibh mar mhathghamhuinn o'n do bhuineadh a cuileanan, gu'n reub e sgairt 'ur cridhe, agus gu'n sluig e sibh mar leomhan—Hos. xiii. 8. Ciod am feum a ni 'ur dleasdanas dhuibh, am feadh ata sibh mach a' Criosd? an urrainn iad fhabhor Dhe a chosnadh dhuibh? Cha teid bhur deoir a chaoidh 'na shearraig, ni mo thig 'ur uirnich gu brath gu chluasan—Eoin xiv. 6.

San dara aite.—Am bheil fhios agaibh, a pheacacha, c'aite am bheil sibh? Innisidh mi dhuibh c'aite. (1.) Tha sibh air cluanaibh an diabhuil, air beanntaibh an diomhainis, mu fhail nan leomhainn, agus air beanntaibh nan leopaird, far am bheil Satan a'g iomain a threud. Tha sibh a mach a' tigh Dhe, air seacharan faondrach a' gleidheadh arain, a'g iarraidh deire aig dorus an t-saoghail, ag radh, C'aite am bheil e? Cha'n aithne dhuibh Criosd aran na beatha; agus uime sin tha aolach taitneasan, agus buanachdan saoghalta co luachmhor ann 'ur suilibh. Ach innis dhomh, a pheacaich, am bheil thu uair sam bith sasuite? "Bu mhiann leat do bhru a lionadh le plaosgaibh" an t saoghail, ach am bheil iad da rreamh ga d' shasuchadh? Nach eil a bhrigh air fhasgadh as na nithe sin, air chor is gu'm bheil thu ga'm faotainn na'm plaosgan falamh? Ann a d' uile shiubhal air beanntaibh an diomhainis, an tainig thu riamh chum an aite sin mu'm b'urrainn thu radh—agus a dhearbhadh—se so mo shuaimhneas, agus an so gabhaidh mi tamh? Cha tainig

's cha tig gu brath, ach an tig thu gu Crìosd.—Isa. iv. 2. (2) Tha sibh ann an ifrinn air thalamh. Is e bhi ann an ifrinn, a bhi an taobh a muigh.—Taisb. xxii. 15; agus cha tainig sibhse a stigh, tha sibh air 'ur diteadh a cheana—Eoin. iii. 18,—ceangailte anns a phrìosan—Isa. lxi. 1. Cìod an t-eadar-dhealachadh a ta eadar sibhse, agus iadsan a ta ann an ifrinn. Tha sibh araon 'nur prìosanaich; amhain gu bheil sibhse sa phrìosan a muigh, ach iadsan 'sa phrìosan a's faide stigh. Tha sibh maraon air falbh o Chrìosd; amhain so, tha sibhse falbh uaith le'r deoin, ach is eigin dhoibhsan imeachd uaith. Tha teine feirg Dhe, air a chuir 'nur co-guisean araon, amhain cha'n eil e air a sheideadh suas na lasair, le anail an Tighearna mar shruth pronnusg ga lasadh annaibh-sa mar a ta e annta-san; ach cha'n eil fhios agaibh cìod cho luath 'sa dh'fheudas e bhi mar sin. Ach fathast tha eadar-dhealachadh eil ann; tha iadsan nam prìosanaich gun dochas; tha sibhse 'nur prìosanaich an dochais. Uime sin theid mi air aghaidh gu puing eile.

II.—Is e gnothuch mhòr cairdean an Fhir-nuadh-phosda iadsan a ta muigh, a thoirt a stigh. Fheara, sibhse a ta muigh, tha sibh far nach bu choir dhuibh a bhi; tha sibh air talamh toirmeasgta. B'aill leinn sibh a bhi stigh, b'aill leinn bhur toirt gu Crìosd, gu sibh aonadh ris, le creidsinn ann, is gabhail ris na uile ofigean.

Sa cheud aite,—Tha sinn ag' innseadh dhuibh, gur e ar Tighearna amhain a ta air a sgeadachadh le ard ughdarras agus barrantas, gu bhi am Faidh, an Searmonaich, agus am Fear-teagaisg mòr, a sheoladh na slighe gu tir Immanuel.—Gnìomh iii. 22, 23. Chuir e suas a thigh-foghlum 'nar measg-ne, ach cha'n eil aig ach beagan fhoghlumaich; agus thainig sinne chum 'ur co-eigheachadh gu teachd a stigh, agus am bi a thigh air a lionadh. Tha mòran dbeiseiobul aig Satan; tha mòran fhoghlumaich aig gliocas feòlmhor; mo thruaigh gu'm bheil! O fagaibh iad. Is e ar Tighearna a mhaire, an Treoraiche mòr, air a thoir leis an Athair, agus a Chanain neamhaidh.—Isa. lv. 4. Cha tainig, 's cha tig, neach riann an sin, ach a luchd leanmhuinn-sa; thigibh a stigh uime sin, thugaibh sibh fein suas dha, gu bhi air 'ur treòrachadh leis. B'aill leibh uile a bhi sona; b'aill leibh uile a dhol do neamh fa-dheireadh; ach tha sibh uile air

seacharan ann an fasach gu'n slighe; agus gu cinnteach caillidh sibh, sibh fein, mar gabh sibh esan mar 'ur Treoraiche. Tha'n t-slighe gu gloir na shlighe dheacair, agus cha'n eil sibhse colach uimpe, seadh, is luchd turuis dall sibh, ata an cunnart na h-uile tiota tuiteam thar craig-eigin. O! an gabh sibh fear-iuil? Tha sibh anis, mar gu'm b-ann 'nur seasamh, far an bheil da shligh a' coinneachadh; gu'n fhios agaibh co-aca a ghabhas sibh. Tha 'ur gliocas fein, ata na h-aimideas, a' combarrachadh amach slighe fharsuing reidh, ag radh "Ge be neach a ta baoghalta thigeadh e stigh an so.—Gnath. ix. 16. Ach na rachaibh a stigh an sin, oir "tha na mairbh an sin, agus ata a h-aoidhean ann an doimhneachdaibh ifrinn," rann 18. Tha gliocas an athair, ar Tighearn Criosd, ag combarrachadh amach slighe chumhann dhuibh, ach tha i treorachadh chum beatha; agus tha e'n diugh ag-radh ribh, "Ge b'e neach a ta baoghalta thigeadh e an stigh an so," rann 4. Thigibh a stigh uime sin, a' cuir cul ri'r gliocas fein, thugaibh sibh fein dhasan, gu bhi air ur treorachadh, agus air stiuireadh leis, "Eisdibh agus mairidh ur n-anam beo."

'San dara aite.—A pheacacha, nach eil fhios agaibh gu bheil sibh ciontach, agus nach comasach dhuibh dol a steach fhaotainn gu Dia neo-reidh? Chaidh briseadh mor a dheanamh eadar Dia agus an duine le peacadh. Tha ceartas a' tagar iobairt; is eigin reite a bhi air a deanamh. Do bhrigh 's gu bheil am peacach neoghlan, cha'n urradh dha bhi an sagart; agus cha'n eil e comasach air iobairt ullachadh, oir cha leor na bheil do spreidh air mhile enochd gu iobairt loisgte. Uime sin riuneadh Iosa Criosd ar sagart; b'e nadur a dhaonachd an iobairt; b'e a nadur-diadhaidh an altair a naomhaich an tiodhlaic; b'i feirg Dhe an teine a loisg an iobairt: chaidh fhuil a ghiulan a stigh do'n ionad bu ro-naomh, nuair a chaidh Criosd suas do neamh, agus a shuidh e air deas laimh an Athair, gu bhi ag eadar-ghuidhe airson pheacach, air steidh an riarachaidh a thug e. Anis si so an reite; agus b'aill leinn sibh gabhail ris an innleachd slainte so, le Criosd ceusda, a cuir dhibh bhur fireanteachd fein, chum 's gu'n direadh sibh suas gu neamh air faradh eadarmheadhonaireachd Chriosd. Anns a pharras thalamhaidh, chuir Dia suas faradh, air am feudadh an cinne-daoine uile

dìreadh suas gus a pharras neamhaidh. B'è sin coimh-cheangal nan gnìomh; faradh a bha comasach air cudthrom an t-saoghail uile a ghiulan comhlath; ach air a dheilbh air leithid do dhoigh, 's na'n lasaich eadh ach an' dealg bu lugha dheth, gu'm briseadh e uile na bhloighdean. Chaidh an cinne-daoine uile suas air, eadhon a cheud Adhamh agus a shliochd uile na leasraidh; ach air dhasan aon dealg dheth a lasachadh, ann am priobadh na suil, bhris am faradh, agus thuit esan agus a shliochd uile gu doimhne truaigh, agus gu slochd oillteil, far am faiceadh iad neamh fada uatha, 's gun doigh air bith gu a ruigsinn. Chuir am briseadh eagallach so aobhneas air na deamhnaibh; chuir e uamhas air na h-ainglibh; chunnaig iad nach b-urrainn dhoibh a charamh, na h-aon eile a dheanamh, agus bha iad ni bu glic na gu feuchadh iad ris. Chunnaig Mac Dhia, nach robh a h-aon a'measg nan creutairean a bheireadh cobhair, agus uime sin dh-oibrich a ghairdean fein a mach slainte. Chaidh faradh eile a dheanamh, Iosa Criosd, Dia-dhuine, an t-Eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoine, an t-shlighe chum an Athair.—Gin. xxviii., 12. Tha bhonn air a chuir air an talamh, oir tha esan na dhuine; bha'm faradh air a chuir co iosal 's gu'n ruigeadh peacaich air; bha e air a shuidheachadh ro-iosal, eadhon "ann an ionadaibh iochdarach na talamhainn"—Eph. iv., 9.—duthaich a bhais. Tha bharr a ruigheachd gu neamh, oir is Dia esan: tha'm faradh co arda, 's gu'n cuir e am peacach suas gu neamh. Cha'n urrainn e aon chuid fuasgladh na briseadh leis a chudthrom is mugha a theid a leigeadh air, oir tha e air thathadh sa cheile le fuil do luach neo-chriochnach, a chaidh a dhortadh, gus a chuid a b-fhaide do agartais ceartais, Eabh. ix. 14. Thigibh a pheacacha, leigibh bhur cudthrom air, 's-na biodh eagal oirbh. Cha ghiulanadh a cheud fharadh ni sam bith ach pearsaibh dhaoine; cha b-urradh dha aon pheacach a ghiulain le eallach ciont air a dhruim, oir bhriseadh e fodha; ach giulanaidh am faradh so sibh, agus bhur eallach ciont mar an ceudna, ged bu truime e na gaineamh na fairge. Ach cha'n eil ach beagan air an fharadh so; b'aill leinn 'ur co-eigneachadh gu tighinn air. Am bheil sibh a ruineachadh luidhe fathast anns an doimhne? an do ghabh sibh 'ur sealladh deir-eannach do neamh? an do ghabh sibh 'ur cead siorruidh

do ghloir, no nach do ghabh, c'uime mata nach bi sibh air 'ur co-eigheachadh gu theachd air an fharadh? O thigibh mu'm bi am faradh air a tharruing suas. Tha fios agam ciod a ta sibhse nach bi air 'ur co-eigheachadh gu theachd air an fharadh, a smaoineachadh a' dheanamh; tha sibh a' smaoineachadh "mar ghaduich, 's mar fhear-reubainn" gu'n "streap sibh suas air dhoigh eile." Tha fhios agam ciod ata sibh a deanamh; tha sibh a deanamh aon do dha ni: tha sibh an dara cuid, ag caramh an sean fharadh, agus a' deanamh a chuid a's fearr is urradh dhuibh de na miribh briste, le 'ur modhalachd, agus le bhur imeachd laghail; air neo tha sibh a deanamh faradh ur de bhur deanadas fein, faradh do throcair neo-chumhnantaichte, ag earbsa ri trocair Dhia, gun bhi aonaichte ris an Eadar Mheadhonair. Ach cuiribh a bhonn cho iosal sa's aill leibh, cha leig ceartas De da bharr neamh a ruigsinn gu brath. Leigibh bhur cudthrom air, mata, mar dean sibh a chaochladh, leigibh bhur anama air thuairmeas air, leigibh 'ur siorruidheachd air thuairmeas air, agus streapaidh suas, ach biodh dearbh chinnt agaibh, ged fhaigheadh sibh suas co ard is gu'm burradh dhuibh bualadh aig doras neamh, agus a' radh "Thighearn, a Thighearn; fosgail dhuinne" ann an sin dibiridh e sibh, 'an sin brisidh e, agus tilgidh e sios sibh gus an ifrinn is iochdarach—Eoin xiv. 6.

San treas aite.—Fhuair Crìosd rioghachd o Athair—Salm. ii., 6, 7, 8; ach cha'n eil aig ach bag iochdarain. Chuir e suas a bhratach an so an diugh, agus tha sinne gu 'ur co-eigheachadh gu tighinn a stigh agus strìochdadh dha mar 'ur Tighearn agus 'ur Rìgh. Tha sibh fo' thighearnaibh coimheach, agus is fhada dhiaft sibh dillseachd da bhur fìor Tighearna. O cuiribh cul ri bhur uile iodhalaibh anis, agus thugaibh sibh fein dhasan, gu bhi o so amach a chuidsan amhain, a chuidsan gu h-iomlan, a chuidsan gu siorruidh. Thigibh a stigh anis, agus "pogaibh a Mac"—Salm. ii., 12. Lubaibh a ghluin dha; cuiribh an crun air a cheann.—Dan. iii., 11. Fosglaibh dorsan siorruidh bhur cridheachaibh, chum 's gu'n tig Rìgh na gloire a stigh—Salm xxvi., 7. Ma tha anam bochd air bith ag radh ann fein, Mò thruaigh, cha'n eil armailtean na h-ifrinn an taobh a stigh dhìom, cho fusadh an cuir o'u seilbh; tha sin fìor gu cinnteach, ach tha

mi'n duil nach eil thu cho teann air do dhruideadh suas, 's nach eil e'n comas teachdaireachd fhaotainn eadar Crìosd agus thusa; tha thu cluinntinn a thairgse e bhi na Rìgh dhuit, an toir thu t-aonta dha sin? Cha'n fheoraich mi ach da cheisd riut chum a chuis so a shoilleireachadh. (1.) Mar urrainn thu tuilleadh a dheanamh an toir thu seachad an rioghachd gu toileach dha? Am bheil thu toileach dealaachadh ri t-anamhiannaibh, ged nach eil thu comasach an cuir air falbh? Ged nach urradh dhuit cuing na daorsa a chrathadh dheth de mhuneal fein, an toir thu t-aonta thoileach do Chrìosd gu sin a dheanamh, agus a chuing fhein a chuir ort? Mar Rìgh, "Bheir e buaidh air ar n'easantais" Micah vii. 19. (2.) An urradh do bhur cridhe aontachadh le lanachd a riaghlaidh-san? Feumaidh esan a mhain a bhi na Rìgh! si a thoilsan anns na h-uile nithe a dh' fheumas a bhi na lagh dhuibh. Agus c'arson nach biodh e mar sin? oir cha'n urrain dhasan eucoir a dheanamh—Salm xiv. 6, 7. An toir thu t-aonta gu'n dean esan an rioghachd a chumadh 'na do chridhe mar is aill leis? an cuir e suas, 'san tilg e sios 'an sin mar is toileach leis? am bheil nithe dìor-chair agad, ananhiannu nach eil ach "na h-aon bheag," agus a dh'fheumas a bhi air a caomhnadh; am bheil prìomusa do fhuil na h-ifrinn ris am feum e "buintinn gu min air do sgathsa"? Mar eil, "Thig a stigh, thusa a ta beannuichte o'n Tighearna, c'uime a sheasadh tu a muigh?" Se t-aonta dhasan mar tha e ga thairgse fein, do theachd a stigh.

III.—Tha cead aig peacaich tighinn a stigh. Biodh fhios agaibh, uime sin, gu bheil cead agaibh o Mhaighstir an tigh, gu teachd a stigh. Mar biodh e mar sin, cha chuireadh e a sheirbhisich gu'r co-eigeachadh gu teachd a steach. Cha chuireadh, fheara, chrannadh e a dhorsa 'nar 'n eudan, mar bi a thoil sibh teachd a stigh: agus na'm biodh do dhanachd agaibh, na thigeadh agus bualadh aig an doras, na ainneart a chleachdadh ris, b-urraim e focal a labhairt, a leigeadh sibh a thaobh bhur cuil. Tha ar Tighearn Iosa Crìosd, a' toirt lan shaorsa dhuibh uile, eadhon do'n dream is measa agaibh, teachd. Sibhse a ta giulan comharra an diabhail ann an clar ur 'n eudainn; sibhse a ta gu follaiseach mi-naomh, a ta 'nar suidhe mar gu'm b-ann 'an rathaidibh mora an diabhail; sibhse ta giulan a chomharaidh 'nur laimh dheas,



'is urrainn dhuibh fholach nuair is aill leibh, a chealgairean is salaiche, a ta ga 'ur folach mu gharachaidh an diabhuil ; tha sibh uile deagh-bheathta o Chriosd, cha thilg e 'n dorus 'nur n-eudainn. Gu cinnteach cha'n urrainn da chaochladh bhi air fhilleadh ann's an sparradh a ta e thoirt gu'r co-eig-neachadh gu tighinn a stigh. Agus uime sin b-aill leam sibh ceum a thoirt air aghaidh. Thugaibh fairear, (1.) An bheil e na ni faoin leibh, cead a bhi agaibh tighinn a stigh ? Cha robh e mar sin a ghnath. Na'n toircadh am peacach ionnsuidh air tighinn a stigh, ma's robh Criosd air fhoillsachadh, choinnicheadh e ri claidheamh lasarach ceartais, a dh' iomaineadh air ais e gu a ghainntir do thruaighe agus do d'horachadas. Mar biodh Criosd air a bhleath eadar clochaibh muillinn iochdarrach, agus uachdarrach feing Athair, cha b-urraim e bhi na aran do pheacaich, ged a bhiodh iad air ocras as a dheidh. (2.) Cha'n eil aig na b-ainglibh a thuit cead gu teachd a steach, o chaidh iad a mach, 's cha bhi am feasd.—Jude 6. Ged' bhiodh e comasach gu'm b-urraim doibh creidsinn ann an Criosd, agus a bhi toileach tighinn da ionnsuidh, rachadh an dorus a thilgeadh 'nan eudainn, oir cha d'fhuir iad riamh cead teachd a steach. Chaidh an dorus a chrannadh orra, cha deachaidh an crann a thoirt deth riamh, 's cha teid gu siorruidh.—Eabh. ii. 16. Agus cha robh Dia fo fhiachaibh dhuinne ni's mo na bha e dhoibhsan. (3.) Biodh bhr cor a ni is aill leis, tha so ni's leor gu'r deanamh suidhichte air tighinn a stigh. Mu dh' fhanas sibh a mach, tha sibh cailte, oir tha na h-uile dorus dochais air a dhruidheadh ach an dorus so.—Gnìomh. iv. 12. Tha'n dorus fosgailte, cha'n eil sibh air 'ur bacadh tighinn a stigh, theid sibh a dhith mar tig : ged nach b-urraim dhuinn tuilleadh a' radh ach, theagamh gu'm faigh sibh cead tighinn, bu choir dha sin fheim, 'nur deanamh suidhichte air ionnsuidh reidh a thoirt, na gnìomhaicheadh sibh ach gu rensanta.

San aite mu dheireadh.—Cha mhair an cead so a ghnath maille ribh. "Nuair a dh'eireas fear an tigh, agus a dhuineas e 'n dorus," cha bhi tuille cead gu tighinn a stigh.—Lucas xiii., 25. Cha'n urrainn iadsan tha 'n ifrinn an diugh tighinn a stigh, ged air bith co aoibhneach'sa b-aill leo ; cha'n eil doigh air dol troimh doimhne mhor tha eadar Criosd agus iadsan.—Lucas xvi., 26. Dhuin a cheud Adhamh an dorus

oirne, ach bhàdara Adhamh ann gu fhosgladh ; ma dhuineas gu dara Adhamh an dorus, cha 'n eil tréas Adhamh ann gu fhosgladh.—2 Cor. iv., 3. “Ach ma tha ar soisgeul-ne air fhòlach is ann dhoibh-san a ta cailte tha e folaichte.” Tha suil aig an Abstol an so, ris na thuirt e mu an fhòlach a bha air aghaidh Mhaois—Caib. iii., 13—am folach a bha air a sgaoileadh thairis air an t-Seann Tiomnadh, rann 14 ; ach tha'n soisgeul a teirt air falbh a chomhdaich so, roinn 16, 17, 18. “Ach,” deir esan, “ma tha ar soisgeul-ne air fhòlach, is ann dhoibhsan tha cailte tha e folaichte” ; cha'n eil suil ri frithealadh grais eile gu bli toirt air falbh a chomhdach sin. Is e gras deirreanach Dhe do'n t-saoghal e.—Eabh. i., 1, 2. Tha 'n Tighearn a deanamh feisd do'n t-saoghal a chionn chuig mìle bliadhna, agus a nis tha'n riarachadh mu dheireadh air a bhord ; tha 'n long mu dheireadh tha dol gu tìr Immanuel a' deanamh ullamh gu cur fo sheol ; nìme sin feumaidh sibh dhòl gu fairge, mar teid a nis, cha teid gu brath.—Eabh. x., 26, 27.

IV.—Tha peacaich air an cuireadh gu teachd a stigh. Cha'n e a mbain gu bheil cead aca gu teachd a stigh, ach tha iad air an cuireadh le Maighstir an tigh, tighinn a stigh. Eiribh uime sin a pheacacha is measa tha “Maighstir ga 'ur gairm.” Tha sibh air 'ur gairm, cha'n ann gu adhlacadh, ach gu cur : cha'n ann gu prìosan, ach chum an t-seomar aoidheachd far an dean e deagh-bheathta sibh le uile mhil-seanaibh neamh. Mar fhaigheadh sibh cuireadh, c'arson a chuireadh e mach a sheirbhisich gu'r co-eigneachadh gu theachd a steach ? agus an diult sibh, nuair a ta sibh a faotainn cuiridh ? Thoiribh fainear guidheam oirbh. (1) Is ole a thig e dhuibh, a chnuimhibh salach, a ghairm a dhiultadh. Tha mi dearbhtha gu 'm biodh e gu siorruidh sona ann fein, ged a bhithinnse agus sibhse anns an aite, reir fìor cheartas anns bu choir dhuinn a bhi, ann an slochd an dubh-aigein. Cha 'n eile feum aig air a h-aon againn. Co sinne gu 'm bu toil leis e fein a chuir gu trioblaid airson a h-aon againn, co aca rachadh sinn fodha no a shnamhadh sinn ! Tha na h-ainglibh ga mholadh, tha Athair a cuir urram air, agus tha dh'eudainn aig truaghain shalach da 'm bheil e toirt cuireadh, an diultadh a thoirt dhasan tha'n t-Athair a ghnath ag eisdeachd. (2) Tha moran co-math ribhse nach

d'fhuair riamh cuireadh naith gu tighinn a stigh. Cha'n am do bhrìgh 's nach eil muinntir eile aig a ghairmeadh e gu thigh a lionadh a ta e toir gairm dhiubhse. Dh'fheadadh e 'n soisgeul so atharrachadh uaibhse, agus a chuir gu aitean dorcha na talamhainn, agus luchd iodhol aoraidh a cho-cig-neachadh gu teachd a steach. Na'n deanadh e sin, tha e ro choslach gu faigheadh a thairgsean deadh-bheatha 'ni b'fhearr nathsan, na tha iad a factainn 'nar measghe. Tha cuid a roinn an t-saoghail na dheich pairt fhlichead, agus tha iad a deanamh mach gu bheil naoi-deug dhiu air an sealbhachadh le luchd iodhol aoraidh, sea pairtean le Iudhaich, Turcaich, agus Mahomatanaich; agus cuig pairtean amhain le Crìosduighean; tha moran de na cuig pairtean a ta 'g aideachadh Crìosdalachd na'n Ana-crìosduighean, 'nan luidhe fathast fo dhorchadas Papanachd, Agus an do thagh an Tighearna sinne as an lionmhoireachd so, gu chuiridhean a thoirt dhuinn gu thighiun a stigh, agus an toir sinn an diultadh dha? San aite mu dheireadh,—Cia mar sheallas sibh na eudainn, nuair a thaisbeannar sibh an lathair caithir a breitheanais, mar tig sibh a stigh a nis air a chuireadh? Cionnus a sheallas sibh air ais air a ghradh a dhiult sibh, agus air an d'rinn sibh taire? Ciod a ni sibh nach tig da ionnsuidh a nis air a chuireadh, nuair a thig esan do'r 'n ionnsaidhsan ann am feirg.

CUNNUIL.—Ach their cuid, am faod e bhi gu'm bheil e ga mo ghairmsa, creutair truagh, salach mar a ta mise? FREA-GRADH,—Se ta againne cuiridhean coitchionn, gu n' bhi air an trumachadh le cumha sam bith, tairgsean saor do na h-uile leis an aill teachd.—Isaiah iv., 1.; Taisb. xxii. 17. Agus tha 'n Tighearna a feuchainn gu soilleir nach cuir truailleachd na neo-airridheachd sam bith eis air neach leis an aill teachd.—Isaiah i., 18; Jerem. iii. 1.; agus ciod tuille a dh'iarradh sibh? Tha sinne air ar cuir an diugh, ann an ainm ar Maighstir, gu'r co-eigneachadh chum tighinn, biodh 'ur cor a ni a's aill leis. Agus na'n deanadh sin toil-each sibh gu teachd, rachadh sinn do 'ur 'n ionnsuidh gu aon an deigh aon agaibh, agus dh'innsadh sinn dhuibh, gur e thusa, agns thusa, agus thusa, a ta Crìosd a' gairm gu teachd a steach. Ach ma chreideas sibh air teagasg-ne o'n flocal mu thruaigh bhur staid nadurrach, gu'n bhi chuinntinn

'ur 'n-ainm agus bhur co-ainm air mhodh araidh, e' uime a dh' iarradh sibh tuille dearbhachd anns an teagasg, mu 'n leigheas?

V. Feumaidh peacaich a thighinn a stigh. "Co-eignich iad gu theachd a steach." Fheara, cha 'n e amhain gu 'm feud sibh tighinn, ach 's fheudar dhuibh thighinn a stigh, eadhon an dream is measa agaibh—Cha 'n e amhain gu bheil cuireadh agaibh tighinn a stigh, ach cha 'n fheud sibh fuir-each a muigh. Thugaibh fainear.

SA CHEUD AITE—"Is i so aithne-san gu 'n creideadh sibh." —1 Eoin. iii., 23. Tha e air iarraidh oirbh le teann ughdar-ras tighinn. Tha Dia rìreamh ribh, agus feumaidh sinne a bhi da rìreamh mar an ceudna, Uime sin innseam dhuibh, gu feum sibh teachd; agus sparram oirbh ann na ainmsan sibh a thighinn, gu 'n bhi toirt casumhlachd do aithne theann. Uime sin cuiribh 'ur laimh air ur cridheachaibh, agus biodh fhios agaibh ciod a ni sibh, co aca a dh' fhanas sibh fathast a muigh, 'sa bheir sibh umhlachd do 'n diabhal, do 'ur teagamhan, eagallan, agus amhurasan mu Chrìosd; no thig sibh a stigh an umhlachd do aithne Dhe. Am bheil suim air bith agaibh do ughdarras Dhe? am bheil meas idir agaibh air aithne? uime sin thugaibh freagradh cinnteach, ann bhur broilleach fein, co dhiu thig na nach tig sibh. Am bheil sibh da rìreamh nach tig sibh, mar na peacaich ghruamach, rag-mhuinealach sin, Jer. ii., 25, "Cha tig, oir ghradhaich mi coigrich, agus nan deigh theid me." Oh an cruadhaich sibh, sibh, fein 'an aghaidh an Tighearna, an sin sibh amach 'ur laimh an aghaidh Dhe, agus a' neartaich sibh sibh fein an aghaidh an Uile-chumhachdaich? Air sgath Chrìosd, air sgath bhur 'm abamaibh, thugaibh am focal sin air ais.

SAN DARA AITE—Ach mar dana dhuibh bhi da rìreamh nach tig sibh, uime sin bithibh da rìreamh gu 'n tig; oir tha bhur teachd air aithneadh air a leithid do dhoigh, 's nach gabhar leithsgeul. Iadsan a fhuair air tus cuireadh chum na suipeir so, cha tigeadh iad, ach chuir iad an leithsgeulaibh; ach an deachaidh an leithsgeulan a ghabhail? cha deachaidh; cha ghabhadh Dia o'n laimh iad, oir thug e binn theann 'nan aghaidh,, rann 24, "Cha bhlais aon do na daoineibh ud a fhuair cuireadh do m' shuipearsa." Cha dana dhuinne leithsgeulan a ghabhail 'sa chuis so, co dhiu bheir sibh iad 0

neamh os 'ur cionn, o' ifrinn a ta annaibh, na o 'n t-shaoghaf-mu'r tionchioll; co dhiu 'sann o morachd Dhe, o'r trnail-leachd fein, na o bhacaidhean an t-shaoghail. Ciod air bith ata ur cor, is i aithne Dhe sibh a theachd, agus cha 'n fheud sibh cuir an aghaidh aithne-san ach umhlachd a thoirt di. Uime sin mar bi sibh da rirreandh gu 'n tig sibh, feumaidh sinne innseadh do ar Tighearna nach tig.

SAN TREAS AITE—Tha 'n dleasdanas so air a h-aithneadh cho teann, 's gu 'm feum sibh teachd, agus teachd air ball; cha 'n fbeudar dail a chur ann. “An diugh ma chluinneas sibh a ghuth na cruaidhichibh bhur cridhe.” “Is e nis an t-am taitneach.” Cha dana dhuinne la, cha dana dhinnir uair, a cheadachadh dhuibh gu smoineachadh air co aca thig sibh no nach tig; gu 'n fhios nach dean an ath la, no an ath uair 'ur tilgeadh do ifrinn, no ifrinn a thilgeadh annaibhse, airson diultadh na tairgse a thugadh dhuibh air a mhomaind so, a bhios air falbh, mu 'n ainmichear i. Uime sin na cuiribh dail nis faide; ach air ball fosgluibh na dorsaibh siornuidh, chum 's gu 'n tig Rìgh na gloire a steach.

SA CHEATHRAMH AITE—Is e so an dleasdanas a dh' aithn Dia dhuibh: Eoin. vi., 29, “Is i so obair Dhe gu 'n creid sibh anus an ti a chuir e uaith.” Cha 'n urrainn sibh taitneas na 's mugha a thoir do 'n Tighearna, na sibh a thighinn a stigh. Am b' aille leibh ardachadh an diugh, uime siu thigibh air a ghairm,” Hosea xi., 7. Am b-aill leibh an crun a chuir air ceann Christ? am b-aill leibh a dheanamh na “la snbhachais a chridhe.” Mas aill, thigibh a stigh, Dan Shol. iii., 11. Tha e na mhor thaitneas do chiochaibh lan a bhi air an deothal; tha ciochaibh trocair agus graidh lan; thig a pleacaich a ta dol bas le goirt, thoir an taitneas dhia, gu 'n deothail thu ciochaibh a sholais. Is i so an dleasdanas mhor thuigseach; ma ni sibh so, oi sibh na h-uile; mar dean, cha dean sibh dad idir. Ciod is ciall duibh a bhi criomadh ri oibrich Dhe, a' di chuimhneachadh a ni so, is i an oibre. Tha sibh cunail bhur uinneagaibh duinte ri meadhon la, agus a' lasadh coinneal an so 'san sud air feadh 'ur tìghe; gidheadh tha cuiltean namhasach dorcha 'san tigh fathast; fosgluibh mata bhur uinneagaibh, guidheam oirbh, agus leigibh a stigh a ghrian, “Grian na fireantachd” agus bithidh sin an aite na 'n uile, agus ni 's fearr na na h-uile.

Am b-aill leibh bhí colath glie, ionraic, agus naomh? thigibh mata gu Críost, 1 Cor. i., 30. Sibhse nach urrainn ní sam bith a dheanamh thigibh gu Críost, agus mar sin ní sibh na h-uile ní, Philip. iv., 13. Am b-aill leibh urram a chuir air Dia, urram a chuir air a h-agh? uime sin thigibh gu Críost. Ach mar tig sibh gu Críost, deanaibh na 's aill leibh, cha dean sibh dad idir. Ged a ghleidheadh sibh o so amach na deich aitheantán uile, agus so a dhi-chuimhneachadh, 'se uile na gheibheadh sibh, clar dubh o neamh s' ur dteadh sgríobhta air. Cuimhnicibh guidheam oirbh "an ti nach eil a toirt urrainn do 'n Mhac, cha 'n eil e toirt urrainn do 'n Athair," Eoin. v., 23. Cha 'n eil 'ur dleasdánais eile uile, ach na 'n neoni, as eugmhais an aon so; meudai-chibh iad mar is aill leibh, bithidh iad uile gu 'n fheum, mar bí an dleasdánas so air thoisceach.

SAN AITE MU DHEIREADH—Is dleasdánas í ta air a h-aithneadh, le teisteas air diom agus feirg siorruidh Dhe, an aghaidh nan uile nach tig, Marc xvi., 16, "Esan nach creid ditear e," Pogaibh am Mac, air eagal gu 'm bí fearg air, agus gu 'n sgríosar sibh san t-shlighe, Salm ii., 12, "Agus uime sin tha mise mar theachdair an ionad Chríost, a' sparradh agus a toirt aithne dhuibh, do gach aon agaibh teachd a steach, air chumart diom Dhe, air chumart dioghaltais, caodhan dioghaltas an Eular-mheadhónair; a' deanamb fianuis, mar tig sibh, gu 'n tig an Tighearna Iosa Críost a mach o neamh nur n-aghaidh, agus bithidh sibh "air 'ur marbhadh na lathair," Luc. xix., 27. Is uile bas ann an aon, a bhí air 'ur marbhadh an lathair Chríost, a bhasaich chun-peacaich a thearnadh; is ifrinn da fhille sin—Ach iadsan "nach eil umhal do shoisgeul ar Tighearna Iosa Críost, níhear peanas le sgríos siorruidh o lathair an Tighearna, eadhon an Tighearna sin, da shoisgeul nach tugadh iad umhachd, 2 Tesal. i., 8-9. Ah! na 'n foilicheadh e a laithearachd a chumail a stigh ann an neamh, agus gu 'n ceadaicheadh e dhoibhsan, tha nis a deanamh tair air, is ga chuir suarach, am fabhor a bhí air am peanasachadh, gu 'n an Tighearna a bhí lathair; ah! na 'n deanaicheadh e an leirsgríos a theachd orra o uighe fhada, na 'n sathadh e saighdean a chorrúich annta o chein; ní h-eadh, ach bithidh aig ann an ifrinn caithir cheartais, chun 's gu 'm bí iad air am peanasachadh "o lathair an

an Tighearna." a theich o lathair ann an t-saoghal so, far an robh e na shuidhe air caithir gras ann's an t-soisgeul. O thugaibh fairear ann an am, eiol a tha sibh a deanamh: cha 'n eil teine air bith a loisgeas cho dian ris an teine a bhriseas a mach o 'n altair; cha loisg lasair fheing air bith anam damanaichte mar an lasair ata air a seideadh suas le anail an Eadar-mheadhonair a fhuair, 's air an d' rinneadh dimeas.

VI. AGUS SAN AITE MU DHEIREADH—Thig peacaich a stigh. Co-eignich iad gu teachd a stigh. Fagail nithe diomhair do 'n Tighearna, feumaidh mi innseadh dhuibh. O pheacacha, nach bi a dhith air Chrisd, a mhead-sa lionas a thigh. Agus gleachdaibh fhad 's as aill leibh, stigh thigh sibh. Bithidh a thigh-san air a lionadh. Cheannaich an t-Eadar-mheadhonair airneis a thigh ro dhaor gu bhi a' dh' easbhuidh a mhir a 's lugha dhi, agus uiread do aite a bhi falamh dheth. Tha dochas agam gu bheil cuid 'an so, tha do chosnadh fola, nach comasach do dhaoine na do dheanmaibh a chumail air an ais o Chrisd. Cheangail Athair e fein 'sa chumhant gu 'm biodh tigh Chrisd air a lionadh. Sahn xxii., 30. "Thig iad." Faic Isaiah iii., 10-11. Nach eil laimh Chrisd aig cridheachaibh cuid air an dearbh uair so? Nach eil cuid agaibh a' mothachadh geatachan iarunn 'ur cridheachan a gluasad gu 'm fosgladh do Chrisd? Nach do mhottaich sibh ni-eigin ag oibreachadh san taobh a stigh ga 'r co-eigneachadh gu thighinn? Nach eil cuid ach beag a stigh a cheana? Thugaibh sitheadh air adhart; cha 'n eil tearuinteachd ann an sibh a bhi ach beag, ach gus am bi sibh gu h-iomlan 'nur Chrisduighean.

Thigibh a stigh uime sin, a sheann sluaigh, tha air cromadh sios a choinneachadh na h-uaighe. Rinn sibh daid fhada, na cuiribh daid ni 's fhaide. Ged tha e na ni ro ainneamb, gidheadh tha e air nairean a tachairt, gu bheil duine air a bhreth na shean aois, Joel ii., 28. Thigibh a stigh a tha do aois mheadhonach. Am bheil sibh a mach o Chrisd, 'nur staid a 's fearr? Gu cinnteach ma tha, tha 'ur staid is fearr na staid ole, na staid thruagh. Tha sibh gu dichiollach a 'g ullachadh airson bhur teaghlaichean? Tha sibh a carnadh suas air son 'ur sean aois, theagamh nach fhaic sibh a chaoidh; eiol tha sibh a tasgaidh air son

siorruidheachd? Thigibh a stigh a mhuintir oga; tha sibh tuille is sean gu bhith nach a Crìosd. Na bithibh a saòilsinn gu 'r ann amhaibh airson a chinn leithe, a bhathais phreasach, agus na suilean dalla, a ta diadhaidheachd; tha ni 's mo le cinn oga na tha le cinn liath anns an uaigh. Uime sin thigibh a stigh, 's na deanaibh moille. Mar is sine a dh' fhasas sibh, a' cuir seachad obair na diadhaidheachd, cinnidh bhur cridheachan ni 's cruaidhe ri oibreachadh orra. Thigibh a stigh a thruaghain mi-naomh, a ta fada o fhircantachd; thigibh a luchd aideachaidh chealgach nach eil fada o rioghachd Dhe; thigibh anamaibh chrithnachail, a tha ri cruaidh spairn gu tighinn, agus leis nach dana. O carson nach tig sibh? Feumaidh e bhith an dana cuid nach aill leibh, air neo nach dana leibh. Tha eagal orm gu bheil cuid 'nar measg leis nach aill teachd; cha 'n eil a ruin orra dealachadh ri 'n ana-mhiannaibh, leanaidh iad a sean chleachduinn, ciod air bith a thackaireas; cha 'n eil iad a faicinn maise air bith ann an Crìosd, air son am bheil e co mor ri bhith air iarraidh. Their mi beagan fathast ri 'n leithidibh sin. Ma tha sibh suidhichte air peacadh, ifrinn, agus bas, agus nach cum Crìosd, no neamh, no eagal ifrinn air ais sibh o 'n t-shlighe leathann; co as urrain neis a chuir oirbh? Ach biodh e aintichte dhuibh, agus air a chuir air chuimhne ann an leabhar dhubh 'ur coguis, a bhios air a fosgladh latha bhreitheanas, gu 'n robh slainte 'nur tairgse an diugh, gu 'n d-oidhearpaich sinn 'ur co-eigneachadh gu thighinn a stigh gu Crìosd, ach cha b-aill leibh; uime sin biodh bhur fuil air 'ur cinn fein.

Air bhur sonsa leis nach dana tighinn a stigh, carson nach dana leibh, an deigh na h-uile chuala sibh? am bheil eagal oirbh tighinn air gairm Chrìosd? nach dana leibh gabhail ri chuireadh? nach dana leibh umhlachd a thoirt do aithne mhor Dhe?

QUINNEAL—Ach tha mo pheacana do-aireamh, agus ro uamharra; an urrainn aite sam bith a bhith ann air mo shonsa? an dana do thruaghan neo-airidh, salach mar ata mise tighinn a stigh? FREAGRAM—Ged a bhiodh gach aon de do pheacanna co arda ri beinn, agus cho lionmhor ri gaineamh na fairge; gidheadh tha fuil Chrìosd air dhi a bhith fuil Mhic Dhe comasach an glanadh air falbh, 1 Eoin i., 7. Tilg do



chiont agus do neo-airidheachd uile airsan a ta uile ionmhuinn: is luaithe a gheilleas a charraig fo' chudthrom an eoin a luidheas oirre, na dhìbearas an fhuil sin thu. Cuimh-nich nach eile a h-aon air an co-eigneachadh gu teachd a steach, nach eil a h-aon air an gairm, ach a mhuinntir shalach, agus neo-airidh; Mata ix., 13. An e do ghalair bu choir do chumail o 'n lighich, nach dana leibh teachd chum na tobar gu 'r 'n ionnlad do bhrìgh 's gu bheil sibh neo-ghlan? co airson am bheil an tobair air a fosgladh ach air son peacaich neo-ghlan. Ged a bha 'n t-suipear shoisgeul na suipear dhaor da rìreann; cha robh i air a h-ullachadh air son a h-aon, ach iad san a bha neo-airidh air bonne uisge, agus moran ni bu neo-airidh air fuil Chrìosd. Bithibh dearbhta a mhuinntir mo ghraidly; nach e cheisd eadar Crìosd agus sibhse, co-aca a dh' ilsicheas Crìosd e fein, na nach islich, gu bhi ag ionnlad leithid do anam salach 'na fhuil fein; tha cheisd sin air a fuasgladh a cheana, Isa. i., 18; Sech., xiii., 1. Ach si cheisd a tha fhathast ri freagairt, co aca an deigh do Chrìosd e fein isleachadh cho iosal, 's gu bheil e deonach sin a dhèanamh, gun toir an creutair neo airidh agus salach an taire dha, gur ann an diomhain a dh' ilsicheas se e fein? Ciod a ta sibh ag radh ris a cheisd sin? Rinn sibh taire air lagh Dhia; an toir sibh tair mar an ceudna do Mhac Dhia le bhi diultadh a thairgse? Na 'n cumadh salachair agus neo-airidheachd peacaich a mach o Chrìosd, cha tigeadh a h-aon riamh do shliochd Adhamh a steach. Nach d' fhuair Crìosd a mhuinntir sgiambach uile, a ta nis an glòir, na 'n luidhe 'nam fuil? Am bheil a h-aon anis ag imeachd an geal, ach iadsan a chaidh ionnlad am fuil an Uain? Tionndaidh thairis am Biobull, seall air eachdairaidh nan linn a chaidh seachad, feuch a faigh thu a h-aon a bhasaich aig a dhorus, nach fhaigheadh a stigh, airson gu 'n robh e co salach, truagh agus neo-airidh.

CUINNEAL—Ach cha robh cor neach riamh, mar tha mo chorsa. FREAGRAM—Bha iomadh droch cor ann an laimh Chrìosd, a rinn e a leighis, agus cha d' fhailing cor riamh fhathast a chuireadh na laimh. Ciod tha sibh a saoil sinn de cor Mhuire Mhagdailen, as na thilg e mach seachd deamhain? Marc xvi., 9. Nach robh cor Phoil, a bha na fhear-toibheum, agus na fhear-geur-leannmhuinn, na chor a dh' fheadas a bha

air a choimeas ri do chor sa, 1 Tim. i., 13. 'S cinnteach mise gu 'n robh saoithearachadh saor ghras airsan, air a ruineachadh, chum na peacaich bu mheasa a mhisneachadh gu teachd a stigh, rann 16. Ged a bha aig Manaseh sochair eideachadh crabhach, o athair diadhaidh, gidheadh bha e na fhear iodhal aoraidh oilteil, neach a bha cuir a chomhairle ris an diabhol, 2 Eachd. xxxiii., 6. Mortair fuilteach, 2 Rìgh. xxi., 16; gidheadh thainig e stigh, agus ghabhta ris gu grasmhor, 2 Eachd. xxxiii., 12-13. Agus ciod a ta sibh a smaoinneachadh mu chor Adhamh, le aon bheum a mhurt a chlann uile, a sgrìos anamaibh a chinne-daoine gu leir, agus a pheacaich an aghaidh solus bu dealraich, na b-urraim sibhse a dheanamh a chaoidh? Ach an deigh na h-uile chaidh a radh thoiream a stigh dhuit, nach robh cor neach riamh mar tha do' chor-sa, agus abrainn, nach bi cor neach eile gu brath coslach ris, tha e co ro ole, uime sin tha mi a saoilinn gu 'm bheil agad mar bha aig a ghaduich aithreachail a' r a chrann-cheusaidh, aobhar a bhi gloireachadh ar Fear-saoraidh-mor ann an doigh sonruichte dhuit fein, anns nach do cho-pairtich aon do shoithichean na gloire riamh riut-sa, agus nach co-pairtich. Thig a stigh mata thusa aig am bheil do chor gun susbainn air bith, cor a ta gun choimeas, tha cothrom agad air bhi cuir opair air Criosd le bhi leigheas cor co an-earbsach 's nach robh a leithid do chor 'na lainh riamh roimhe. "Na cuimhnichibh na nithe a bh-aun roimhe, agus na nithe a bh' ann o shean na tugaidh fainear," Isaiah xliiii., 18, thigibh a stigh gu Criosd le 'ur cor nuadh, "agus feuch," deir an Tighearna, "ni mi ni nuadh," rann 10. Cha deachaidh eifeachd fhola fhathast co fada sa ta na comas. Na maoidheabh air neamhad nuadh na ehruin grais, a dhealruicheas ni s' loinnrich na h-aon a chaidh ann fathast. Thig a stigh mata, agus gabh an t-aite a chaidh a chomharrachadh do cheann-feadhna na 'm peacach, a 's doimhne ann am feicb saor ghras, ma tha e fathast falamb. Innseam dhuibh, gu bheil iadsan a thainig a stigh a cheana a saoilinn nach eil, ach gur iad fein a lion e. Ach ma tha chuis mar tha thusa ag radh, tha iadsan air a' mealladh, thig-sa stigh, agus bithidh an t-aite agadsa.

CUXATI.—Ach mo thruagh cha n' urraim mi creidsinn, cha 'u urraim mi teachd gu Criosd. FREAGRAM—Chum bhur

sfighe shoilleireachadh anns a chuis so; feuch gun suidhicfe sibh, sibh fein air teachd gu Crìosd anns a ghealladh. Tha Crìosd air a chumail a mach do pheacaiche ann air geallana an t-soisgeul, Isa. lv., 1; Eoin vi., 37; Taisb. iii., 20; agus caib. xxii., 17. Na 'm b-aill leibh a theachd chum a ehaithir-san, thigibh chum na geallana, a ta esan anns a ghuth chaol chinin; gheibh sibh an naoighean annsa bhrat-speilidh so. Iadsan tha sealtoinn thairis air a ghealladh, agus a feuchainn ri creidsinn agus teachd gu Crìosd, tha iad dol air obair san rathad dhochair; tha sin coslach ri boireannach a dh' aontaicheadh fear a phosadh, nach tug gealladh riamh dhi gu 'm posadh e i. Ach 'se gealladh an t-soisgeul a bhann-chordaidh chuireadh a nuas o neamh le ainm an Fhìr-nnadh-phosda sgrìobhta oirre; gabh thusa agus leubh i, cair t-ainm rithe, le do chridhe a' cuir t-aonta rithe; an sin as leatsa Crìosd, agus as leis-ean thusa. Duinibh ri Crìosd agus a ghealladh, mar ghealladh saor, mar gun teagamh tha e, Isa. lv., 1; Taisb. xxii., 16. Tha moran a crannadh dorsa gealladh an t-soisgeul le crannaibh de 'n deamamh fein, agus an sin gìaodhaidh, agus gearamaidh iad nach comasach iad air a dhol a steach air na dorsan sin. O! their cuid, na 'm biodh agansa na h-uiread so do ghradh, do aithreachas, agus do bhriseadh cridhe, au sin b-urainn mi creidsinn. Ach si mo chomhairle dhuibh creidsinn, chum 's gu 'm faigh sibh na nithe sin. Sech. xii., 10; Grìomh. v., 31. Nis, ged is ann anns a Bhiobull a mhaoin ta an gealladh sgrìobhta, tha e co cinnteach gur e sin aonta 'Crìosd a bhi do chuidsa, agus ge do thigeadh guth o neamh mu thionndaidh, seadh agus ni 's cinntich. Ach their thusa, cha dana dhomh-sa beantuinn ris a ghealladh. **FREAGRAM**—Mar dana na gabh gnòthuich ri Crìosd, ach rach a dhith; oir cha 'n eil e comasach gnòthuich a ghabhail ri Crìosd. ach ann an gealladh an t-soisgeul. Ach e 'uime a tha duine a ta bathadh co eagallach, agus nach dana leis greim a dheanamh air a chòrd, eadhon air a chòrd airgid, a tha air a thilgeadh a mach chum a tharruing gu tìr? Ni h-eadh a mhuinntir mo ghraidh, na bithibh cho amaideach; ged a bhiodh an gealladh nar scalladh-sa mar bha slat Mhaois, air a tionndaidh gu nathair; gidheadh glac air earbull i, agus tionndaidhidh i gu slat 'na do baimh, Hos. xi., 10. "Crìothaichidh na mic o'n aird an iar" Mar chrìo-th-

naidh na Israelich an deigh Shaul, se sin, lean iad e a criothnachadh, 1 Sam. xiii., 7. Mar sin feudaidh ceile Chrìosd a h-ainm a chuir ris a cheangal posaidh, le laimh air chrith, a Tighearna a ghradhachadh le cridhe air chrith, agus a leantuinn le cosan air chrith. Agus O na 'n abradh sibh uile, ged a b-ann le guth air chrith, " Feuch tha sinn a teachd do t-ionnsuidh, oir is tu an Tighearn ar Dia." Na 'm b-ann mar sin a bhiodh, cha b-ann gu diomhain a cho-eig-nicheadh sinne sibh gu teachd a steach.

## CUNNTAS MU BHEATH AGUS BAS HUISTEAN MHIC CATHAIL.

---

CHA 'n ann a mhain chum an deur a tharruing o' n t-shuil, na borbachd a dhusgadh 'sa chridhe 'an aghaidh naimhdean, pobull, agus aobhar an Tighearna, a ruinich mi an cunntas aithghearr so a sgrìobhadh 'an Gaelic, mu na mairtearaich og ainmeil so, ach mar an ceudna, chum oigridh mo dhucha a bhrosnuchadh gu eud agus duinealas gu seasamh dileas le aobhar agus ministearan an Tighearna, na daoine sin a sheas gu gaisgeal 'san linn 'sa bheil sinn beo, air son saorsinu spioradail sluagh na rioghachd, ann an aghaidh lainh laidir stata, agus eaglais thruaillidh, a threig aobhar Chrìosd, agus a bhrath coirichean a shluaigh air son goireas, saimh, agus maoin shaoghalta—na curaidh sin tha mi radh, a dhealaich ris na h-uile ni saoghalta a bha aca, nuair a thainig la an dearbhaidh, mu 'm brathadh iad aobhar Rìgh Shìoin, na mu 'm breugaicheadh iad na boidean a thug iad, an uair a ghabh iad dreuchd na ministrealachd; sa rinn fianuis ann an lathair an t-saoghail, an la ainmeil ud ann an Duneidin 'sa bhliadhna 1843, gu 'm be onair agus gloir rioghachd an Fhìr-shaoraidh a bha air an aire, 's nach bu mhaoin aimseireil. B' iad sin gaisgich na h-eaglais saoire.

Ged a tha luchd eachdaraidh nan laithean 'san robh Mr Mac Cathail beo, a toirt cunntas mu fhulangasaibh agus a bhas, gidheadh, cha 'n eil mi a faotainn a h-aon diu, ta 'g ainmeachadh aite a bhreith, a dh' aon chuid gu 'm bheil e dearbhata gu 'n d' rugadh e o pharantan diadhaidh agus eireachdail ann an sgìreachd Libbertoin fagus do Dhuneidin; agus gu'n do chuir iad gu moch air leth e, gu seirbhis Chrìosd ann an dreuchd na ministrealachd. Bha e comharraichte mar sgoilear, agus dh' fheuch e gu soilleir, ann an laithean oige, le eolas air fìor dhiadhachd, gu 'm biodh e na ard mhinistear an Tiomnaidh Nuaidh. Mu 'n robh e fichead

3liadhna a dh' aois bha e na shearmonaich, agus na fhear teagaisg ann an teaghlach an Rìdir Seumas Stiubhard, triath Chòilteanais, a bha 'n uairsin na mhòrair prothaist, mar theirear ann an Duncidin, duin' uasal a bha ainmeil, airson a dhil-seachd da saorsa thiomail agus spioradail. Anns an teaghlach so fhuair Mr Mac Cathail eòlas air maithibh mora, a bha cliuteach na 'n linn; air son an gradh agus an eud do eaglais na h-Alba; b' iad sin Marcus Earra-ghael, Iarla Loudon, agus Morair Bharriston, maille ri iomadh eile de 'n t-seorsa cheudna, o 'n d' fhuair e lethid do eòlas air naduir ceud-faithean na h-eaglais sin, agus a rinn deonach e gu bhli call na h-uile sochair ainseireil, chum 's gu 'n seasadh e firinneach air a taobh.

Ach cha robh na h-amana sona so gu mairsinn fada. Nuair a bhasaich Crombhail, agus a thugadh an dara Rìgh Tearlach air ais chum a chruin; bha e na ain-tighearn ro an-ìochdmhor agus fuath do-chiosnaichte na uebd an aghaidh a Chumhnaunt a rinneadh san rìogheachd, air son cumail suas aobhar Chrìosd agus maith na ducha. Bha e air a bhrosnachadh gu sin le sgaom de casbuigean papanach, agus le 'n comhairle thilg e eaglais Chleireanach na h-Alba bun os cionn, agus mar sin chaidh na ceudan do mhinistearan dilis fhogairt amach o 'n tighean, 's o 'n cothionailean, gu 'n aite, gu 'n aiteach, ach air an geur-leannhuinn mar fhiadh-bheathaichean air na beamtaibh. A measg chaich, bha 'n Rìdir Seumas Stiubhard a fulang; oir ged a bha e cairdeach, toirbheartach da 'n Rìgh ann an laithean a dheuchainn agus a thrioblaid, gidheadh cha robh ach beag cuimhne air sin a nis. Chaidh a ghlacadh maille ri duine uasal eile, agus a chur na phrìosanach ann an Caisteal Dhuncidin, le ordugh an riaghlaidh, agus paineachas chnig ceud punnd Sasgumach a leigeil air an toiseach, agus an deidh sin mìle, suim mhòr 's na laithibh sin; deich nairean ni bu mho, na leithid sin do shuim an diugh.

Air dha bhli air a cheadachadh le cleir Dhuncidin an soisgeul a shearmonachadh, rainig Mac Cathail, air an ni sin a bha riamh na bheachd, agus be sin, a bhli a searmonachadh "Crìosd, cumhachd Dhe, agus gliocas Dhe, chum slainte." Ach se ni araidh thatar gu bhli cumail a mach; fhulangais agus a bhas; air an aobhar sin cha teid moran tuille a chuir sìos an so 'de eachdraidh nan tìoman fuilteach sin.

"B'ann o 'n t-séarmon mu dheireadh a rinn e a liubhairt ann an eaglais ard Dhuncaidin, a thoisich air tus fhulaingis. Be a bhonn teagaisg an la sin "Innis dhomh thusa d' am bheil gradh aig m' anam, e'aite an ionailteair thu do threuda, e' ait an toir thu orra luidheadh síos mu mheadhon-la ; oir e' arson a bhithinn mar aon air faoudradh am measg do chompanach"—Dan Sholamh, i., 7. O 'n t-searmon so nochd e gu 'n eagal, nach bu ni ur idir da 'n eaglais, a bhi air a geur-leanmhuinn ; agus ann a bhi soilleireachadh a bhonn-teagaisg, thuir e, gu 'n robh sin air a dheanamh roimhe so, le Pharaoh, air a chaithir, Haman anns an riaghladh, agus Iudas anns an eaglais, agus ged nach d' ainmich e neach sam bith a bha deanamh sin gu pearsanta, gidheadh bha na briathran co fréagarrach ri Easbuig Sharp, agus Diac Lauder-dail 's gu 'n do thuig iad gu soilleir, gu 'm b' ann mu 'n tiomchioll fein a labhair e ; air an aobhar sin bhà e air chomharrachadh a mach mar neach, a rachadh a bneul a dhunadh. Chaidh buidheann do reiscamaid each a chuir gu ghlacadh, a chuartaich tigh Choilteanais, ach air dha farbhannadh aithghearr fhaotainn, theich e as an tigh ; agus chaidh e gu tigh athair, ann an sgìreachd Libertain, far an d' fholaidh se e fein, gus an d' fhuair e cothrom dol do 'n Olaind' a bha 'n uair sin na h-ionad fasgaidh do na fogarraich Albanach, a bha air an geur-leanmhuinn airson na firinn. Anns an duthaich shitheil sin, mheudaich eolas air an diadhachd, le dol gu foghlum ann an aon de oil thighean nan Duitseach.

Feumar cunntas aithghearr a thoirt an so mu thiomchioll nan daoine aingidh ud, mu 'n d' rinn Mac Cathail iomradh na shearmon. Bha Seumas Sharp, Ard-easbuig Chill-ribhinn air tus na fhear aideachaidh mor, agus na mhinisteir ann an Eaglais na h-Alba ; bha e cho measail aig na Cumhnantaich (be sin an t-ainm a thugadh da fianuisean Chrìosd an Alba san am sin) 's gu 'n d' earb iad ris, maille ri daoine eile a dhol do Luanuin a thagar an cuis air beulabh an rìgh, san riaghlaidh, ach bhrath e 'n cuis, air son deich mìle fichead marg, agus fhaighinn a bhi na Ard-easbuig ann an Cill Ribhinn ; bha e na nanhaid fuilteach dha pobull an Tighearna, is ris na h-uile ole, ach fa dheireadh, fhuair pairtidh de sluagh na dacha a bha air am fogairt, greim air, a dol

croimh bhlar monaidh. Bha e fein 'sa nighean ann an carabad, thug iad a mach as a charabad e, ach ciod air bith bu chion-fath, cha mharbhta le peileirean e, dh' fhartluich orra toirt air urnigh a dheanamh a chuir mor iongnadh orra; ach nuair a thuig Burli mar bha (Colneil Balfour Iain Mhaunduich) tharruing e chlaidheamh agus bhual e 'm peirceil dheth,— am peirceil sin as an tric a thainig mionnan eithich; dh' fhag iad marbh an sin e: ach mo thruaighe, bu lionmhor bas a thar na lorg: neach sam bith nach abaradh gu 'm bu mhort a bhas, bha sin gu leor gus a' neach sin chuir chum na croich. Ach leis mar bha bheisd le foill agus foirneart, a' geur-leanmhuinn sluagh an Tighearna, cha robh neach air bith, ach a chuideachd fein, a theireadh gu 'm bu mhort a bh' ann; ach breitheanas an Tighearna.

Bha Diuc Lauderdale na dhuine anabarrach ain-diadhaidh. Bha e air aon de 'n t-seachdar a thug Mr Carigil diadhaidh thairis do Shatan aig Torr-na-coille, aite fagus do Shruileadh, far an robh a' mairtearach ainmeil sin a searmonachadh aig an am sin. B' iad na daoine a rinn e iomasgaradh an la sin, an dara rìgh Tearlach, Diuc Monmoth, mac diolaind an rìgh, Diuc Lauderdale, Diuc Rathays, Seumas Diuc Uore, brathair an rìgh, an ridir Seoras Mac Coimnich, Rosabhach, agus Senalair Dalsiel nam Binnean. Nuair a bha ni sin thairis, thuirt Mr Carigil ris an t-shluagh, nu bhasaicheas a h-aon de na daoine' ud a dh' ainmich mi, bas nadurrach dhaoin' eile, bithidh sin na chomharra dhuibh nach eil an Tighearn reidh ris a' ni a rinn mi, ach ma 'r faigh a h-aon diu bas nadurrach, bithidh sin ag innseadh gu bheil Dia reidh ri mo sheirbhis an diugh; cha mho na sin a fhuair a h-aon diu bas mar dhaoin' eile. Bha 'n duine so na dhuine bha anabarrach bruideil, 'na mhisgeir, na gheocair, na fhear neo-ghloin, agus na h-uile ain-diadhachd; bha e na chomharra cianail air staid na rioghachd, gu 'n robh an cuisean air earbsa ri leithid do bhruid dhuine. Bhasaich e na shuidh air an t-shoitheach sheomar, an deigh eiridh o dhinneir, 's cha robh neach an Alaba, a theireadh, oich.

Thainig Mac Cathail aig ceann chuig bliadhna air ais o 'n Olaind, ach fhuair e cuisean moran ni bumheasa na 'n uair a dh' fhalbh e. Bha 'n eaglais an deigh sa milleadh. Bha na gearra-easbuigean—sa bheurla, *curates*—ann an aite



na m ministearan diadhaidh, a chaidh thilgeadh a mach as na h-eaglaisean; agus b' iad na gearraich ain-diadhaidh aineolach, neo-fhoghlumte a chuireadh 'nan aite; agus do bhrìgh nach sguireadh na ministearan diadhaidh, deth bhi cuir an ceill sgeul aoibhneach na slainte, ams na h-uile aite anns am faigheadh iad an cothrom bu lugha, bha iad air an eigneachadh gu bhi a' siubhal faondach air na beanntaibh, is anns na glinn bu chianail, agus a gleidheadh tearuinnteachd anns na craigean a b' fhiadhaich a bha san duthaich.

An deigh do Mhr Mac Cathail tighinn dachaidh, bha e a fuireach mar bu trice ann an tigh athair, ach ged a bha a laithean air an caitheamh ann an leth-fholach cha roth iad a dol thairis ann an diombanas; bha e dol a mach a dh' ionnsuidh 'nan glinn, a chumail comhlubair agus coinnean. E urnigh maille ris an t-shluagh a bha mar chaoraich gun bhuaichail agus dhoibh so, bha na h-amana sin, 'nan amanaibh urachaidh oir thug iomadh dhu fiamuis gu 'n robh e maille ri Iosa, teachd air aghaidh ann an eolas, agus ann an fìor naomhachd; agus air dha na cuisean sin a thighinn gu cluasan 'nan gearraich, bha 'm fuath nimheil a ciontinn ni bu treise, is ni bu treise 'na aghaidh. Threig tir a dhuchais, a bha naireigin na Beulah—posda ris an Tighearna—anis a Dia; uime sin smaoinich Mac Cathail gu 'n robh e na am iomchuidh airson caoidh, trasgadh, agus urnigh, Chaith e aon la de 'n t-sheachduinn gu h-ionlan ann an dortadh a mach amghar anama ri Dia ann am bron diadhaidh, airson truaigh na rioghachd; agus bha beachd sonruichte air a ghabhail, gu 'm b' ann 'an lorg a chleachdaidh sin, a bha cuibhrionn phailt do ghras, agus do neart diadhaidh air a bhuilleachadh air, gu bhi co-pairteachadh solas ri muinntir eile, agus a gabhail misneachd dha fein, air an robh na h-uiread do fheum aige an deigh sin. Cha b-ann gu diombain a thuir spiorad an Tighearna gu bheil "ruin an Tighearn aig an an dream d' an eagal e," oir bha iomairt ann an uchd Mhic Cathail nach fhaigheadh e a chuir uaith, gu 'n tuiteadh e la-eigin ann an lamhan a' naimhdean, 's gu 'm basaicheadh e na fhianuis airson na firinn. Cha do chuir beachd dhe sin, fo dhiobhail misnich air bith e, oir le fiosrachadh taitneach a "threud bhig" bu chleachdach leis a bhi coinneach.

chadh, ann an aite uaigneach, thaisbean e dhoibh, mar aon a teachd o'n fhasach " mar stuidhean deataich, cubhraidh le mirr agus tuis, le uile mhin-dhus ceannaiche nan spioraidh.

B' ann a nuair a bha thamh ann tigh athair, a thoisich na trioblaidean, sa gheur-leanmhuim 'an taobh an iar na h-Alba. 'Se bu chionfath da na deuchainibh so, an ain-iochd a dh' fheuch sa chleachd an ridir Seumas Mac-an-Tuairneir air sluagh na dacha, le bhi brosnachadh a shaighdearan gu gnìomhara foirneart, agus ain-iochd a bha gu 'n ughdarras on ard-chombairle agus mar an ceudna gu 'n fhios doibh, air an donaid. Chaidh an ridir a chuir air tus, do'n chearnaidd sin de 'n rioghachd chum an t-sluaigh eigneachadh, gu dhol a dh' eisdeachd nan gearraich, ni a dh' fhartaich air a dheanamh. Bha 'n sluagh gu mor air an saruchadh le foirneart an airm, agus air an brosnachadh gu eiridh chum iad fein a dhion. Thachair ni sonruichte anns an am sin a thug cothrom dhoibh gu siu a dheanamh; b' e so e—Bha na saighdearan air la araidh a dol a rostadh seann duine bochd, nach rachadh a dh' eisdeachd nan gearraich, air griodail mhor dearg teith, nuair a dh' iarradh orra le ceathrar do dhaoine na dacha sgar de 'n duine bhochd; le so, thug na saighdearan droch fhreagradh, agus thoisich iad air an duine phianadh; chaidh daoine na dacha san cadruigan, bhuinneadh na h-airm de th na saighdearan, agus chaidh an duine bochd a theasairgin. Le eagal 's gu 'n tigeadh a chuid eile de na saighdearan orra a dhioladh masladh an companaich de 'n do bhuineadh na h-airm, chaidh an ceathrar dhaoine, agus thionail iad buidhean lionmhor de sluagh na dacha, a bhuin na h-airm de na saighdearan uile, gu 'n bheud a dheanamh air neach dhiu, ach a h-aon a chaidh a mharbhadh, a chionn nach geilleadh e. Ghabh sluagh na dacha misneach, agus le eagal gu 'n tigeadh a chuis gu cluasan Mhic -an-Tuairnear, 's gu 'm faigheadh e tuille daoine, 's gu 'm biodh aicheamhail throm air a deanamh, chaidh iad air an aghaidh gu Dunphris; rinn iad prìosanach de Mac-an-Tuairneir, agus bhuin iad na h-airm de na h-uile saighdear a bha aige. Mar bhall sneachda dol le bruthach, bha sluagh na dacha a tionail le cuid is cuid maille ri 'n cairdean, gus an robh armait mhor aca. Runaich iad dol air an aghaidh gu Duneidin, a toirt leo Mac-an-Tuairneir na phrìosanach, bha cuid diu an geall cuir as

da; ach thearnadh a bheatha le Mr Neilson, duine uasal diadhaidh, air an d' rinn Mac-an-Tuairnear iomadh foirneart agus ain-ìochd roimhe sin. Bha 'n duine uamhasach gu mor air a phianadh le coguis chiontach fad an rathaid, oir bha eagal air gu 'n gabhadh iad a bheatha, ach leig iad cead da, 's cha bhi tuille air a radh mu thiomchioll.

Do thaobh aobharan mu 'm bheil e fein toirt cunntas, chaidh Mac Cathail maille ris an t-shluagh a dh' eirich gu iad fein a dhion o fhoirneart an riaghlaidh, agus gu cumail suas na h-eaglais anns an rian Chleireanach. Chaidh iad an toiseach gu siorrammachd Air. Bha ministearan eile maille riu a thuilleadh air Mac Cathail, a bha dian-iarrtach, gu bhi dion aobhar an Tighearn anns an rioghachd. Bha 'n turus anns an duthaich sin treimh bhlar monaidh, ri uisge trom, agus air do Mhac Cathail a bhi anfhann na phearsa, agus a bhi na luidhe gu tinn beagan roimh so, cha robh e idir freagarrach dha chor lag a bhi air leithid do thurus doilgheasach. Cha leig crìochan goirrid an leabhran so dhomh na h-uile gluasad a rinn na daoine maith so, air an turus mhi-shealbhaich a bha so' a chuir sìos; ach air dhoibh tighinn gu Lanairc, air an rathad do Dhuneidin, dh' athnuadhaich iad an Cumbnant Cinnedail, 'an deigh searmoin dhruighteach o Mr Guthrie, ministear Tharbolton. An deigh do 'n t-searmonaich sgur, chaidh an Cumbnant a leughadh pong air phuing; aig crìoch na h-uile puing thog an slugh an lamhan agus bhoidich iad do 'u Tighearna an Dia gu 'n seasadh iad dilis. Tha neach a ta sgrìobhadh mu 'n la bha sin, sa bha na shuil amharc ag radh, " Bhiodh e ro dhuilich leithid eile do chuideachd fhaicinn, na h-nìread do dhaoine cuideachd, aig an robh breithneachadh co falluin, fìor dhiadhachd, agus treibhdhìreas cridhe, eud thuigseach, mìsneach agus ruin gun sgath, agus co beag do dhaoine le inntiun thruailidh, 's do chomhradh faoin, agus ged nach bu mhath leinn a bhi call beatha dhaoine, 's gu h-araidh beatha nan naomh, 'nuair a ta co beag ann diu, gu bhi seasamh eadar na beothaibh, 's na mairbh; gidheadh thug an gnìomh a rinneadh air an la ud, ann a bhi ag ath-nuadhachadh nan Cumbnantaibh ni 's mo ghloir do Dhia, agus bha e toirt fianuis ni bu'mho do aobhar an Tighearna nan a bha do chall anns na thuit—tha sinn an dochas—a cumail taic ri cuis a Chumhnant."

Gu bhi deanamh sgeula goirrid, chaill na Cumhnantaich<sup>an</sup> la, oir mhilleadh iad le Seanalair Dalsail air enuic Phentlan, aon de 'n t-sheachdar a dh'iomradh mi a cheana. Bha na Cumhnantaich air an stiùireadh le Coirneil Seumais Uallais, duine treun; ach bha aig Dalsiel a thri uiread do dhaoine sa bha aig Uallais, 's ged a chog e fein sa dhaoine co treun sa chaidh dheanamh riamh air blar-chath, cha b-urra dhoibh seasamh ris an lionmhoireachd a bha 'nan aghaidh. A dh'aindeoin 's na rinn na naimhdean fuilteach, cha d' fhuair iad riamh greim air a Choirneil dhiadhaidh.

Dh'fhag Mac Cathail am blar-chath, sgith fann, 's cha b-urrainn dha a dhol air aghaidh ni b' fhaide na Cramond, agus air dha bhi strith gu faotainn gu tigh athair; a dol troimh craig na Braidich, choinnich fear da 'm b-anm Ceanabhaidh oifigeach de reiseamaid each, agus neach eile e, a ghlac na phriosanach e, is thug iad a stigh do Dhuncidin e.

Air dhoibh a thoirt air bheulabh na comhairle ann an Duncidin, chaidh eudach a thoirt deth, agus raunsachadh min a dheanamh, a dh' fheuchain am faighte litirichean, na sgrìobhaidhean air bith eile tiomchioll air; 's ged nach d' fhuaradh ni sam bith chaidh a chuir am prìosan. An ath la chaidh a thoirt air bheulabh Iarla Dhunphris, agus Morair Singlear, air dha bhi air a cheasnachadh mu dheighinn na ceannaire, dhiult e ni inise dhoibh; le so smaoinich a chomhairle gu'n robh fios aig air dìomhaireachd nach robh e deonach a thoirt doibh.

Air Dir-daoin an 29 la de ceud mhios a gheamhraidh 1666 chaidh Mac Cathail a thoirt a ris air am beulaobh chum a cheasnachaidh. Dh'aidich e gu 'n robh e maille ris a bhuidhean a dh' eirich san aird an iar; ach cha thoilicheadh so iad. Bha iad a smaoinicheadh, gu 'n robh e na chomas nithe innseadh dhoibh, a bhiodh ro fheumail dhoibh, ann a bhi cuir gu bas muinntir a shaoil iad a bha 'sa cheannaire; chum so a thoir uaith, ole air mhath leis, chaidh an inneal uamhasach pianaidh sin, ris an abaireadh iad a *Bhot* a chuir fa chomhair, agus innseadh dha gu 'n rachadh a chois a chuir innte gu 'n teagamh, mar aideachadh e na bha fhios aige. Air dha fantuinn na thosd chaidh thoirt an lathair a ris; agus a bhot a chuir an tarruing, a bha fathast lan do fhuil stuchta Mhr Neilson bheannichte; dh' fhuiling a' mairteareach og

dhoibh a dhol gu 'n dubhlan, ann a bhi pianadh a lurga os-cionn labhairt. Cha b-urraim da na phianadh oillteil ni a thoirt air aideachadh. Mu 'n d' fhuair e na tri bnillean fa dheireadh, thug e fianais fo chomhair Dhia, nach robh ni aige a dh' innseadh e'ged a dheanadh iad a bhuil cheudna air na h-uile alt a bha na chorp. Cha b-urra dha ni a radh, ach gu 'm be ain-iochd Mhic-an-Tuairneir a dh' aobharaich eiridh na h-airde an iar, ann an Gallobha.

Air dha bhi fulang anabarrach leis na lean an deigh a phianaidh, chuir e athchuinge air bheulabh na comhairle, gu 'n cuireadh iad dail ann a bhi ga chuir air a dheuchainn ach am biodh e ni b' fhearr air a shon. Chuir iad an sin dithis lighichean, agus dithis luchd deasachaidh leontan ga amharc, a thug fianuis gu 'n robh staid a shlainte olc, ach air a shon sin, cha tug a chomhairle dha ach sea laithean. Eadar an da am, chuir Ban Diuc Hamilton, agus a' mathair-cheile Bana Mharcuis an Dughlaisich, litir gu Iarla Kathais 'na fhabhor, ach cha deachaidh an iarrtus a dheonachadh, agus thugadh Mac Cathail agus ceathrar eile air bheulabh na 'm Morfheara dearga. B' iad na cuisean ditidh araidh a bha na aghaidh; "Gu 'n robh e aig Air, Oicheltair, agus aig Lanare maille ris na ceannaircich, air muin eich, crioslaichte le claidheamh." Thugadh comas dha freagairt a thoirt da chuis-dhitidh, is ged' a bha e fathast ro-lag, dh' eirich e agus labhair e ris a chuir le mor chiuneachd, agus le anablarr comais, gun eagal, gun sgath. Thuirt e, leis na bha air chur sios aig deireadh a chuis dhitidh, agus o na thachair do dhream eile, gu 'm robh e ag amharc air fein mar neach a a bha air a chur air leth gu basachadh, agus air an aobhar sin gu 'n aidichadh e gu saor, nach robh nair air gu 'm buineadh e do na Cleireanaich, a bha fulang amghair agus geur-leanamhuinn. Nuair labhair e mu bhi cuir ceannair as a leth, thuirt e nach robh ni ri radh ris, ach ga 'n robh amhain a lathaireachd maille ris na daine a bha aig Pentland, agus mar aidicheadh e fein sin, nach biodh fios aig a chomhairle air. Rinn fear tagair a chruin, aideachadh a a leughadh thairis a ris, agus gun tuille a radh, thug e a chuis thairis da 'n luchd breth—*jury*; air da 'n luchd-breth a bhi air an gairm, thug iad seachad am breth "gun d' fhuair iad Huistean Mac Cathail ciontach de bhi 'n caochladh aitean

maille ris na ceannaircich, aig caochladh amaibh, a reir aideachadh fein fa-chomhair na comhairle.

Air da na bhreth a bhi air a h aithris, chaidh bhinn-ditidh a chuir an ceill, agus bi sin, "gu 'm biodh e air a thoir gu crois-mhargaidh Dhuneidin, agus an sin air a chrochadh air croich gus am biodh e marbh, a mhaoin, agus fhearann air an saradh, is air an cuir air leth gu feum an righ." Air dha a bhinn so a chluinntinn thuirt e, "Thug an Tighearn uaith, agus thug an Tighearn leis; beannaichte gu robh ainm an Tighearn." Chaidh an sin a ghiulan air ais do 'n phrìosan, troimh an fhreiceadan, san sluagh ga leantuinn, a tuireadh ro ghoirt air a shon. An deigh a thoirt a stigh gu sheomar, chaidh e air ball a labhairt ris an Tighearn ann an urnigh, le mor fharsuingeachd cridhe, air a shon fein, agus iadsan a bha gu fulang maille ris. Thuirt e ri cairid an deigh sin, "O nach maith an sgeul, a bhi mar uidhe astar cheithir la da bhi mealtuinn sealladh de Iosa Criosd," an sin thuirt e, "nach robh e idir co draghail dha bhi basachadh, s'a bha e iomadh uair dha dol a shearmonachadh." Ri mnathan a bha caoidh air a shon thuirt e "nach robh a chor, ged nach robh e ach og, agus ann an blath a dhochais, agus a shaothair san fhionain, ri chaoidh; oir ni aon bhoinne de m' fhuil, tre ghras De, ni 's mo do dhruigheadh air cridheachan, na dheanadh bliadhnachan do shearmonaibh."

Air an fheasgar cheudna chuir e iarrtus a stigh chum na comhairle gu 'm faigheadh athair cead a thighinn da fhaicinn, ni a chaidh a dheonachadh, agus thainig athair air an ath fheasgar far an robh e. Labhair e ri athair mu thiomchioll umhlachd do pharantaibh. An deigh do urnuigh a bhi air a cuir suas, thuirt athair ris, "Huistean, ghairm mise crann ola maiseach, do thoradh breagha dhiot, ach anis thainig doinnionn agus sgriosadh a chraoibh agus a toradh." Thuirt Huistean ri athair, "gu 'n do chuir a bharail tuille is math, trioblaid air; thuirt athair, "gu 'm bi a bheachd gu 'n robh Dia fiosrachadh peacanna na 'm parantaibh, 'n nach b' iad peacanna na cloinne," air chor 's gu 'm feudadh esan a radh, "Pheacaich ar 'n aithrichean, agus ghiulan sinne an eusantais;" agus a ris, "pheacaich mise a chaora bhoichd, ach ciod a rinn thusa?" Fhreagair Huistean le iomadh osann, "Le theachd gearr air a chuigeamh aithne, thainig e gearr air a

ghealladh, gu'm biodh a laithean buan ann an tìr na'm beo ; agus gur ann a bha connsachadh Dhia ri athair airson a bhì cuir tuille, sa choir do mheas air a chloinn 's gu h-araidh air fein."

An Ià roimh bhàs, air dian iarrtuis a chairdean, ni bu mho na ruin fein, chuir e athchuinge dh'ionnsuidh na comhairle a guidhe air son iochd, agus a cuir an ceill a neo-chiontais, a' cha d'eisd iad. Fhad sa bha e 'sa phrìosan, bha 'n Tighearn ro ghrasbhor maille ris, maraon ann a bhì ga' eumail suas agus ga neartachadh roimh eagal a bhais, agus mar an ceudna le bhì ag iomain air falbh neoil uamhais, tha cuid a dh' uairean air na daoine is fearr, tre anmhuinneachd fuil is feoil. Bha e mar an ceudna gu h-iongantach air a' chomhnaidh ann an urnuigh is ann am moladh, air leithid do dhoigh, 's gu'n do chuir e mor ionghnadh air na h-uile a chual e ; gu h-araidh air oidhche Dirdaoin, nuair a bha e aig suipeir maille ri cho-phrìosanaich, athair, agus aon na dhithis eile ; thuirt e gu suilibhear " Ithibh 'nur sath, agus beathaichibh 'ur cuirp, chum 's gu'n dean sinn pithig-nollaig reamhar da na h-eas-buigean ! " An deigh an t-shuipeir, labhair e iomadh ni mu thiomchioll fein agus eaglais De, a cleachdadh fa dheireadh an earrainn sin ann an Daniel, " Ciod a Thighearn a bhios crìoch nan iongantais so ? " An oidhche mu dheireadh de bheatha, dh'fheoraich agus fhreagair e caochladh ceistean, chum neartachaidh a cho-phrìosanaich, a leithid so :—Ciamar rachadh e o na phrìosan, tre aireamh mhor shluaigh ag amharc air, agus le freiceadan shaighdearan, a dh'ionnsuidh croich is aite bais, agus a bhì comasach air so uile a ghiulan ? Fhreagair e le bhì a smaoinachadh air ni bu ro sholeimte, se sin cuideachd mhor de ainglibh, a ta ag amharc oirnn, a reir an sgrìobtuir sin, " Tha sinn 'nar buill amharc do'n t-saoghal, do ainglibh, agus do dhaoine, " oir air do na h-ainglibh a bhì deanamh aobhneas ri'r deagh aidmheil, tha iad a lathair gu bhì giulan ar anamaibh gu uchd Abraham ; cha 'n ann gu bhì ga'n gabhail, oir 'se sin obair Iosa Crìosd a bheir deagh bheatha dhuinn do neamh e fein, maille ri oranaibh ainglibh agus spioradaibh beannuichte. Ciod an doigh anns am beachdaich sinne air neamh, a ta deanamh cabhag da h-ionnsuidh, air dhuinn a bhì leughadh " Nach fhaca suil, 's nach euala cluais. " Ri so fhreagair e, gu'n robh an

Sgriobtuir, toir cabhair ann an da dhoigh ann a bhi beachdachadh air neamh. 1, Ann an rathad samhlauchail, mar ann an Taisb. xxi., far am bheil neamh air a taisbeanadh mar chaithir ghlormhor. 2, Le bhi a cumail a mach gradh nan naomh da Iosa Criosd, agus a teagasg dhuinne a ghradhachadh le treibhdhireas, ni is e fìor aoibhneas, agus caithream neamh.

B'iad na briathran deireannach a labhair e aig an t-shuipeir, a bhi moladh gradh oscionn eolais. O, deir e, "Cha'n eil ach beag diu ann an eolas as easbhuidh gradh, a dol as an t-sealladh ann an neoni, agus ro chunnartach." Thug athair buidheachas an deigh na suipeir, agus leugh esan 16 salm, agus thuir e "Na'm biodh ni 'sam bith a dhionadh dubhach agus mi-dheonach e 'n saoghal fhagail, gu'm be sin a bhi sguir de leughadh an Sgriobtuir. Thuir mi, nach fhaicinn an Tighearn ann an tir na'm beo, ach cha ruig so a leas 'nar deanamh bronach, oir far am bheil sinn a dol 'se'n t-Uan leabhar an Sgriobtuir, agus solus na cathrach sin, agus 'an sin tha beatha, eadhon amhainn uisge na beatha, agus tobraichean beo." Dh'iarr e'n sin air son peann, gus an sgrìobhadh e a thiomnadh, agus dh'iarr e beagan leabhraichean a bha aige a roinn air caochladh cairdean. Chaidh e gu leabaidh aig aon uair deug, agus choidil e gu cuig usir-ean 'sa mhaduinn; nuair a dh'eirich e, ghairm e airson a chompanach Iain Bhodrou, a' radh gu suilibhear, "Eirich Iain, cha'n eil thusa is mise coltach ri daoine a thatar dol a chrochadh an diugh, nuair a tha sinn a codal cho fada." Dh'eirich Iain, agus thuir e ris, "Bithidh tu fein 's mi fhein gu h-aithghearr san aon seomar ri Mr Robeson." Fhreagair Huistein, "Iain tha eagal orm gu'n duin thusa mise a mach, oir bha thu moran ni bu duineil air bheulabh na comhairle na bha mise, ach bithidh mise cho duineil air lobhta na croich ri h-aon agaibh." Chuir e'n sin suas urnuigh ro dhurachdach, a' tagar a dhaimh cumhnant ri Dia, agus gu'm biodh iad air an deanamh comasach air an la sin, a bhi toirt fianuis air deagh aidmheil an Iathair mhoran fhianuisean. Ghabh an sin athair a chead deth, ris an dubhairt e, gu'n deanadh fhulangais ni bu mho do chron da na h-easbuigean, agus ni bu mho do eideachadh do shluagh Dhe, no ged a bhiodh e fantuinn fìhead bliadhna sa mhinistrealachd.



Dh'iarr e 'n sin air athair fhagail, agus a dhol gu sheomar, a ghuidhe gu durachdach ris an Tighearn a bhi maille ris air lobhta na croich; oir is e mo ghiulan an sin mo churam, gu'm bi mi air mo neartachadh gu seasamh dileas gu's a chrioch.

Aig da uair an deigh noine, chaidh a thoir amach, maille ri cuigear eile a bha gu fulang maille ris, agus bheachdaich na h-uile neach a chunnaic riamh e, gn'n robh a ghnuis ni bu mhaisich 's ni bu chiuine no bha i roimhe. Nuair a thainig e gu bonn an fharadh, labhair e risa mhor-chuideachd a bha'n lathair, ag radh, "O nach robh a bhliadhnachan ach tearc san t-saoghal, nach biodh a bhriathran ach tearc ann an sin. Leugh e an sin an fhianuis a sgrìobh e 'sa mha-duinn, 'sa theid a chuir sios aig deireadh.

Sheinn e 'n sin cuibhrionn de'n 31 Salm; chuir e 'n sin suas urnuigh le lethid do chumhachd 's do dhurachd sa thug air moran gul gu goirt; chuir e 'n sin uaithe ad, sa chleochd. 'Nuair a rinn e greim air an fharadh gu dhireadh, thuirt e, le guth labhar, "Cha'n eil ni 's mogh do churam orm am faradh so a dhireadh, 's mo thilgeadh dheth, na bhiodh e orm dol dachaidh gu tigh m'athar!" Air dha gaoir a chluinntinn a measg an t-shluaigh, ghairmesios ri cho-luchd-fulaing, ag radh, "A chairdean, 'sa cho luchd-fulaing, na biodh eagal oirbh, tha na h-uile ceum de'n fharadh so, ceum ni's fhaisg air neamh!" agus air dha suidhe air an fharadh thuirt e, "Tha mi ann cuid a creidsinn, gu'u lughdaicheadh comhairlich, agus luchd-riaghlaidh uasal ar tir, am peanas so na h-uimhir, mar biodh iad air am brosnuchadh leis na h-easbuigean; air chor 's gur ann aig an dorsa-san tha ar fuil gu sonruichte na luidhe; ach is so e mo sholas anis, gu'm bheil fhios agam gu bheil m' Fhear-saoraidh beo. Agus tha mi nis gu toilichte leigeil sios mo bheatha, airson firinn agus aobhar Dhe, na Cumhantann agus obair Ath-leasachaidh, a bha uair-eigin air a' meas gloir na rioghachd so; agus is ann airson a bhi a toirt oidhearp air sin a dhion, agus freumh searbh Easbuigeachd, a spionadh a' bun, tha an tobha so ga cuir mu m' amhach"—bha'n crochadair aig an am a cuir an inneal bais air. Air dha an sluagh a chluinntinn a' gul, thuirt e "Cha'n ann a gul bu choir dhuibh a bhi aig an am, ach ag urnuigh, chum 's gu'm biodh sinn gu h-onaireach air ar toirt

troimh; gu ma beannaichte gu'n robh an Tighearna ta nis ga mo chumail suas. Mar bha mi 'n comain moran agaibh air son bhur urnuighibh agus bhur caoimhneas o na chaidh mo chuir am priesan, agus mo dhiteadh, tha mi 'a dochas nach dibir sibh mi anns a cheum mu dheireadh de mo thurus, chum 's gu'n dean mi fianuis air deagh aidmheil; agus a chum 's gu'm bi fios agaibh air steidh mo mhisaich anns an obair so, leughaidh midhuibh anns a chaibideil fa dheireadh de na Bhiobull, mo ghloir agus mo dhuais—"An neach air am bheil tart, thigeadh e." Chi sibh, mar an ceudna, an cuireadh—"Tha 'n Spiorad agus a Bhean nuadh-phosda ag radh, Thig." Thuirt e sin, agus e seal tuinn sios, "Tha focal agam ri radh ribhse, a chairdean—U'aithe am bheil sibh? Cha ruig sibh a leas aon chuid a bhi caoidh, na naire a bhi oirbh, air son a chor 'sa bheil sibh ga'm fhaicinn, oir tha mi deanamh co-chur de briathraibh Chriosd, "Tha mi dol suas chum m' Athair fein agus bhur n' Athair-sa, agus chum mo Dhe fein, agus bhur De-sa," chum bhur Righ-sa, agus mo Righ-sa, chum na'n abstoil agus na mairtearach bheannuichte, gu caithir an De bheo, an Ierusalem neamhaidh, agus cuid-eachd do-aireamh do ainglibh, gu lan choimhthional agus eaglais nan ceud ghin, gu Dia breitheamh nan uile, agus gu spioradaibh nam firean air an deanamh foirfe, agus gu Iosa, Eadar-mheadhonair a choimhcheangail nuaidh." Tha mi gabhail slan leibh uile, or bidh Dia ni's solasaich dhuibh na b-urraim dhomhsa a bhith; agus bithidh e ni's urachail dhomhsa na b-urraim dhuibhsa a bhi dhomh. Slan leibh, Slan leibh anns an Tighearna. An deigh an comhdach a chuir air aghaidh, rinn e urnuigh ghoirid, agus air dha an comhdach a thogail a ris, thuirt e gun robh aon fhocal aige ri radh fathast mu'n t-sholas a bha aige 'na bhas; "Tha mi'n dochas nach eil sibh a faicinn atharrachadh na diobhail misnich ann am ghnuis, na ann mo ghiulan; agus mar dh' fheudas sin a bhi na aobhar iongantais dhuibhse, tha mi ag aideachadh gu bheil e na iongantais dhomh fhein. Air chul neo-chiontas an aobhar mu'm bheil mi fulang, se so mo sholas nuair a bhasaich Lasarus, gu'n de ghiulain na h-ainglibh anam gu uchd Abraham; mar sin, ged a ta ann an so so-leimteachd mhor, croich, aite bais, agus sluagh ag amharc a mach air uinneagan, tha uidheamachadh moran nis mogh,

agus nì's soleimte, do ainglibh, gu m'anam a ghiulan gu uchd Chrìosd. A ris, tha so na thuille solais, gu bheil m'anam gu dhol gu laimh Chrìosd, agus taisbeanaidh esan e gu'n smal, gun choire da'n Athair, agus an sin bithidh mise gu sìorruidh maille ris an Tighearna. Agus a nis sguiridh mi do labhairt ri creutairan, agus toisichidh mi air mo chomunn ri Dia, nach bi gu brath tuille air a bhriseadh. Slan leis an t-shaoghal 'sa thaitneasan: Slan le biadh agus deoch: Slan le grian, gealach, agus reultan: Failte air Dia agus an t-Athair: Failte air Iosa Chrìosd gradhach, Eadar-mheadhonair a cho-cheangail nàidh: Failte air Spiorad beannuichte a ghrais, agus Dia an uile sholais: Failte air gloir; Failte air beatha shìorruidh: Failte air a bhas.

Dh'iarr e sin air an fhear-mhillidh, gu'n a thilgeadh thairis gus an cùireadh e fein a null a ghuaillibh an toiseach, ni, air dha urnuigh ghoirid a chuir suas os ìosal, a rinn e, ag radh, "O Thighearn, tha mi tiomnadh mo spiorad ann do lamhaibh, oir shaor thu m'anam, O Thighearna Dhia na firinn!" agus mar so anns t-seathadh bliadhna fichead de aois, bhasaich e mar-bha e beo, anns an Tighearna.

Bha leithid do thuireadh airson a bhais, leis an luchd amhairc, 's nach robh ach gle ghann suil thioram air sraidean no ann an uinneag an Duneidn aig am a bhais. Tha fear eachdaraidh ainmeil a toirt a chliu so air—"Gu'n robh e na oghanach do shea bliadhna fichead a dh'aois, ionmhuinn leis na h-uile, diadhaidh air mhodh comharraichte, agus anabharra foghluinte. Bha e ro sgiamhach agus cumta na phearsa. Bu ghnathach leis trasgadh aon la'san t-seachdain, agus thug e iomadach uair roimh so sanus da chairdean gu faigheadh e bas mar fhuair e; san uair a labhair e mu sholas agus aoibhneas 'na bhas, 's iomadh osann throm a bha aca-san a bha ga eisdeachd.

San am cheudna chaidh co luchd-fulaing Mhic Cathail, a chuir gu bas: daoine a bha air beag foghlum sa bha beo gu'n fhios do mhoran de'n t-shaoghal, gus an tug geur-leanmhuinn agus fianuis air son na firinn am follais iad. Labhair iad am briathraibh deireannach le leithid do chiùineachd agus do fhoighidinn do thaobh a' naimhdean; le leithid do mhorachd anam, do dhiadhachd, agus deagh thuigse, agus a chuir mor iongantais air na h uile chual iad. Bha iadsan a bha eolach

orra roimhe, lan dearbhta gu'n robh e air a thoir dhoibh oes-  
 airde ciod a labhradh iad. Bha Iain Bhodro, Michael  
 Shields, Sasgunach; Iain Bhilson o bhaile Air; agus Ean-  
 raic Mac-a-Chombaich, mar dhaoine a bhiodh air stairsnich  
 neamh. Ghairm Mac a-Chombaich airson a Bhiobuill, chuir  
 e air ghairdean leont e, agus leubh e earrainibh freagarrach  
 ri chor, a chuir iongantais air na h-uile. Nuair a chaidh na  
 daoine so ghlacadh sa bhlar-chath, chaidh am beatha a gheall-  
 tuinn dhoibh; ach gu feirg agus ain-iochd an ard easbuig  
 Sharp, a shasuchadh, chaìdh an cuir gu bas, an aghaidh na  
 h-uile lagh; agus bu mho na sin, an aghaidh ordugh rìgh  
 Tearlach,—nach rachadh tuille beatha a ghabhail anns a  
 chomhstri. Fhuair an t-Easbuig Burnet, an duine a b'fhearr  
 a bha na'm measg, an t-ordugh so o'n rìgh, agus thainig e  
 leis do Alba gu Sharp, a bha san am air ceann na comhairle,  
 ach rinn esan innleachdan a dheilbh a chuir an t-ordugh sin an  
 cleith, ach an deachaidh Mac Cathail sa chompanaich a chuir  
 gu bas.

## FIANUIS AGUS TEISTEAS HUISTEAN MHIC CATHAIL.

“ Air dhomh le freasdal araidh a bhi air mo thoir mar so,  
 fa chomhair an t-saoghail, ann an aobhar a ta cuir a leithid  
 do churam air na h-uile air am bheil eagal De, agus le'm bu  
 mhiann a bhi daingean na choimhcheagal, cha b-urraim mi  
 gu'n bhi fagail as mo dheigh an f hianuis sheasmhach so, mu  
 thiomchioll aobhar agus feumalachd a choimhcheangail sin,  
 airson glòir Dhia, agus fireanachadh m'aidmheil o'n a chainnt  
 mhaslach a thilgeadh air le daoine, agus mar an ceudna  
 chum eideachadh a thoirt le mo bhas dhoibhsan air son an  
 do choisrig mi mo bheath' ann an obair na ministrealachd.

Mheas mi riaghladh na h-eaglais so le Cleir, a bhi am  
 measg prìomh orduighean Iosa Crìosd a shuidhich e anns an  
 eaglais a cheannaich e le fhuil, agus a chaidh e suas an aird  
 gu bhi buileachadh sin mar thiodhlaic oirre; air dha sin a  
 bhi am fìdòr mhinistrealachd shoisgeulach na shimplieachd  
 agus na gblaine air leth o innleachdaibh dhaoine; agus mar  
 sin a' meadhon leis am bheil orduighean eile air am frithea-  
 ladh, agus na firinnibh is bonntachail air an deanamh eif-

eachdach ann an cridheachaibh an t-shluaigh, air an aobhar sin bu choir dha so, leis a churam cheudna, connsachadh air a shon. Thug fiosrachadh, maraon an uair a bha 'n da chuid e aithnichte, agus air a leughadh leis na h-uile dhaoine: ni a ta fìor mar an ceudna nur ceudfaihtean soleimte a rinn an rioghachd da thaobh leis a Chumhnant Chinneadail, agus leis a Chumhnant agus a bhann sholeimte, nithe a mheas mi nan eiridh agus nan athnuadhachadh mar choilionadh torrach air a ghealladh sin an Isaiah xlv., 5, far am bheil e soilleir, ann aite sam bith, 'san robh athleasachaidh eaglais a tighinn air adhart gu foirfeachd, tha iad a teachd gus a cheum sin.' Is leis an Tighearn mise, agus sgriobhaidh fear eile le laimh do'n Tighearn'. Is ann mar sin a bha e ann an laithibh righrean athleasachaidh Iudah, agus mar an ceudna an deigh an aisig air ais o Bhabiloin, ann an laithibh Nehemiah. Rinn an Tighearn Iosa an gealladh ceudna so na sheadh agus na Amen dhuinne, nuair a shaor e sinn o Bhabiloin spioradail; ni a ta na fhianuis ni's dearbhta, gu'm b'iad so dearbh ghluasadan spiorad Dhe, ann ar ceud luchd athleasachaidh, gu'n robh iad gu h-araidh air an ruineachadh ann an aghaidh gluasadan spiorad an dorchadais, agus an ana-criosd, agus a luchd taic, agus an aghaidh an dainghrachdain bu treise a fhuair na grainealachdan sin le ordugh comhairle Thrent, agus leis a bhann fhuilteach sin ris an abair gu breugach an ceangal naomh. Agus uime sin ciod air bith masladh ata air a dheanamh do na cumhnantan so, tha mi a meas nach eil e ni na's lugha na bhi deanamh taire air Spiorad nan gras, ann na ghnìomhachadh is comharraichte dhe fein, ach gu h-araidh, a bhi a deanamh a mach gu bheil a bhi seasamh dilis air taobh nan cumhnantan, a tighinn o spiorad saobh-chrabhaibh agus ceannaire, tha mi ag radh gu bheil so na pheacadh de'n aon nadur ri peacadh na munntar sin a thuir gu'm b'ann tre Bheelsebub a bha Criosd a tilgeadh a mach dheamhain; agus sin leis an antromachadh so, nach d'fhainig na Sgriobhaichean agus na Phairisich riann cho fad air adhart 's gu'n d'aidich iad Criosd, na gu'n do strìochd siad iad fein dhasan na da shlighibh.

Ach ged tha mi air mo dbiteadh mar cheannairceach a measg dhaoine, gidheadh tha mi 'n dochas, eadhon anns an

ní so, a bhi air m' fhaotainn dilis an lathair Dhia. Oir chá n-urrainn gníomh a bhi's dilse do'n rígh, a reir 's mar tha cuisean a dol a nis, na na h-uile duine a dhíchioll a dheanamh gu freumh searbh graineil sin na h-easbuigeachd a spionadh a fhreumh, oir is e freumh sin, milleadh na ríghchaithir agus na dacha; 's mar teid sin a dheanamh, cha bhi 'n rígh chaithir gu brath air a steidheachadh ann am fireantachd, gus am bi na h-aingidh so air am fuadach as a lathair. Tha mi cinnteach gu'n d'rinn iadsan tha air an díteadh a nis mar cheannaircích 'na aghaidh, leis na h-aingidh sin, ní's mo a chaitheamh do uine ag urnuigh air a shon, agus gu bheil an dúrachd gu'n seasadh a chaithir nis dilis, na na h-easbuigean a dhít gu bas iad.

Mar steidh air son 'ur misneachadh chum na h-uile a dhleasdanasaihbh an am anns a bheil sibh beo, saotharaichibh gu bhi air 'ur steidheachadh ann an gradh Iosa Críosd. Bithidh an gradh so co anfhann rí bhi faicinn ní sam bith a dh'fheuchadh rí smal a chur airsan, na air fhocal, na airoibre, agus cuiridh e thuig an t-anam gu taisbeanadh eudmhor air a shon, air a chunthart is mogh, agus gu bhi cho toileach basachadh air a shon, agus a bhios iad a bhi beo chum a ghlórachaidh. Agus chum bhur misneachadh uile anns a chuis so, tha mi cuir an ceill duibh, o'n la a thainig mi 'n tus do na phríosan, gu'n do ghleidh Dia m'anam o uamhas agus eagal bais; o na fhuair mi mo chuis dítidh, agus binn bais, dh'fhoillsích Dia e fein caochladh uairean air leithid do dhoigh, 's gu'n do thog e m'anam suas oseíonn ua h-uile easbuigean, uachdarana, cumbachdaibh, bas, agus ifrinn, gu bhi deanamh aóibhneas agus gu bhi subhach na shlaínte; agus o ghruand m'anam, esan a mbeas airidh, agus gu'm fuilinginn na aobhar, an pian, agus am masladh is truime; agus mar an ceudna gu dochas cinnteach comunn síorruidh maille ris fein ann an neamh.

Tha mi toirt maitheanas gu saor da na h-uile aig am bheil lamb 'nam fhuil, a'guidhe nach bi i air a cuir as leth na tíre pheacach so, agus sí mo ghuidhe gu 'n toireadh Dia aithearnas da ar uachdaranibh, chum 's gu'm faigheadh iad an reite cheudna ris, a ta mise anís a' co-pairteachadh. Gu cinnteach tha mi creidsinn gu'n lughdaicheadh ar uachdarain abhinn a leigeadh oirnn, mar biodh iad air am brosnuchadh leis na h-eas-

buigean, air chor 's gur ann aig an dorsa-san a ta ar fuil gu sonruichte na luidhe; gidheadh bidh an neo-thoilcachas inntinn sin a bhi dortaill fola cho fada ann an aghaidh an leith-sgeul a ghabhail, 's gur ann a bhios e na fhianuis 'nan aghaidh ann an la an Tighearn.

Tha mi gu toileach a strìochdadh da na bhas, mar an ni sin a chomharraich Dia do na h-uile dhaoine airson peacaidh, agus a strìochdadh da'n deigh chomharraichte so, airson mo pheacanna sonruichte.

Tha mi a moladh Bhia airson an smachdachadh athaireil so, leis an d'rinn e mi ann an cuòd, agus anns an dean e mi fadheoidh na m' fhear' comhairt iomlan de a naomhachd. Tha mi ga ghlòrachadh, a chionn gu'n do ghairm e mach mi gu fulang airson ainm agus orduighean, agus ceanglaichean so-leimte na tire dha, agus gu'n ghabh e'n doigh so chum mo thoirt air falbh o'n ole ri teachd. Gu'm beannaich an Tighearn a shluagh beòhd uile, a ta 'g osnaich, agus fo' amhghar, ata mi fagail as mo dheigh.

O so amach, cha labhair mi ri fuil is feoil, ni mo cha smaoinich mi air solasan saoghalta. Slan le mo chairdean, an cuideachd a bha ro urachail ann an laithibh mo chuairt. Cha 'u iarr mi ni's mo solus na greine, na no gealaich. Failte air beatha shiorruidh, air gradh shiorruidh, moladh shiorruidh, gloir shierruidh! Moladh dhasan ata na shuidhe air an rìgh chaithir, agus do'n Uan gu sierruidh! Ged nach robh mi mar so maille riut, ann an tigh mo chuairt, gidheadh rinn thu riumsa coimh-cheangal shiorruidh, air a shuidheachadh anns na h-uile ni agus cinnteach; agus 'se so mo shlainte uile, agus mo mhiann uile. Beannaich an Tighearn, O m' anam, a mhaith m'casantuis ann am fuil a Mhic, agus a leighis m'uile euslaintean! Beannaichibh an Tighearn, sibhse aingle, treun an neart! Beannaich an Tighearn, O m'anam. Halleluiah.

Priosan Dhuneidin, 22 de mies mheadhonach a gheamhraidh, 1666.

Mar sin chrìochnaich Huistean Mac Cathail a thurus ann an lan dearbhachd a chreidimh, air a sholas agus fhois shiorruidh. Do bhrìgh 's gu'n robh roinn de'n fhianuis nach robh so thuigsach da moran de na Gaidheil, cha do chuir mi sios uile i; ach chaidh ni's leor a sgrìobhadh chum a

dheanamh aithnichte, sa chum fheuchainn do na h-uile a leughas au cunntas aithghearr so, ciod na seorsa dhaoine a bha san la dheuchaineach ud, a deanamh fianuis agus a fulang pianadh, agus bas airson Crun agus Cumhnant Chrìosd.



## S E U M A S R E N U I C .

Rugadh Seumas Renuic ann an Sgìreachd Ghlinncuirn, ann an Dàilninnh air a 15 la de ceud mhìos an Earraich, 1662. Bha a pharantan, ged nach robh iad saoi bhir, comharrachta anns an diadhàieachd. Bha Andrea Renuic, athair, na f hìghheadair : bha aig a mhathair, Ealasaid Corsan, caochladh cloinne, a bhasaich 'nan oige. Rainig so' cridhe na mathair gu goirt; sar uair a bhiodh i' toirt cainnt da faireachdain brònach; bhiodh a fear-pòsda toirt solas di, le bhì 'g'radh, gu'n robh e ro thoilichte cloinn a bhì aige, cò'aca bhasaicheadh iad og na sean, na'm biodh iad nan oighréachan air gloir. Cha robh so a toirt toileachadh dhi'san : oir' ann na h-uirnean ri Dia, ghuidh i airson leanabh, cha'n e amhain a bhiodh na oighre air gloir, ach a dheanadh seirbheis do'n Tighearn, na ghinealach; uime sin' n'uir a' rugadh Seumas, ghabh i a chuis mar fhreagairt urnuigh, agus mheas si i fein fo' iomadh ceangal chum a choisreagadh do'n Tighearna.

An deigh do Sheumas ionnsachadh an Biobull a leughadh, nuair a bha e tiomchioll do shea bliadhna a dh'aois, thug an Tighearn dha beagan chomharraidhean mu'n ghràs a' bha gu tighean air, ga theagasg ann na shlighe, 's ga chleachdadh le teagamhan agus argumaidean oscionn breithneachaidh leanabachd, mu Chruith'hear nan uile nithibh, cia mar bha bheachdan iongantach mu cho lion do shaoghail neo-fhaicsinneach, fodh agus os a-chinn, leis an tobr' e air a chuir ann an leithid do staid smoinneachaidh, agus bliadhnaich e anns a chor so re uine da bhliadhna, gus an d'fhainig e le urnuigh agus beachd smuaineachadh air eachdaraidh d'air a chruthachaidh, gu lan chreideas gu'n d'rinn Dia na h-uile nithe, agus gu'n robh na h uile ni a rinn e ro' mhaith, agus gidheadh an deigh dha theachd gu tuille' ionmhachd, thuit e ris ann an troimh-cheile ni bu doimhne do dhorchadas, m'na firinnibh steidheil so, agus bha leithid do ionnsuidhean

air a thoirt air le buairidhean Dia-aicheadh, air dha bhi anns a mhachair air la araidh, gu'n tuirt e, is e sealltuinn ris na beanntaibh. "Ged a bhiodh iad sin uile nan amhuinnean do phronnug loisgeach, gu'm biodh e deonach a dhol trompa air fad, na'n deanadh sin dearbhte gu'n robh Dia ann." Ach tre ghras fhuair e cuiteas na'm buairidhean sin, gu seimheachd mhilis air dearbhaehd gu'n robh leithid do bhith agus Dia ann, agus mu choir thearaidh anns an Dia sin.

O laithean oige bha e comharrachichte airson umhlachd do a pharantaibh, oir nan labhairteach iad mu chuir ri ceaird air bith, dh'aontaicheadh e gu suilibheir leo; ged a be gun teagamh, a roghaam fhein a dhol gu ard fhoghlum; chunnaig an Tighearna na fhreasdal ionchuidh a dheanachadh dha, oir thog e cairdean a bha air an togail cho mor ri a shuidheachadh dochasach, gealltanach, 's gu 'n d' thug iad do Dhuneidin e; agus thug iad fhoghlum air aghart gu ro dhurachdach. Nuair a bha e ullamh airson an oilthigh, mhisnich iad e gu gabhail os laimh a bhi teagaisg mic dhaeine uaisle, chum a bhi toirt a cheile air aghaidh na 'm foghlum, gidheadh rinn a leithid sin do chuideachd, mar tha e tric a tachairt a mhealladh maille ri dream eile gu bhi caitheamh tuille sa choir de uine ann aighear san cluich. Nuair a bha 'n t-am a tarruing fagus 'san robh e gu bhi ullamh san oilthigh, thaisbean e leithid do fhuath 's do ghrain do ni sam bith a chuireadh diom air Dia, 's gu 'n do dhiult e miannan dilseachd a bhiodh an riaghladh a cuir air muinntir anns an am sin, do bhrigh 's gu'n do mheas e neo-fhreagarrach e, le bhi toirt ainm Dhia ann an diomhanas, le so chaill e choir de na duaisean a bha iad a toirt seachad san oilthigh, ach fhuair e a choir dhia gu h-uaigneach ann an Duneidin. An deigh sin lean e fhoghlum, a frithealadh air na coinnean uaigneach a bha 'n uair sin air an geur leantuin airson orduighean an t-soisgeul.

Bha e air a chradh gu mor le bhi faicinn mi-dhillseachd cuid de na ministearan aig an am sin, agus le bhi tuigsinn mar dh' aidich an Tighearna saothair nan teachdairean dilis, agus mar chaidh iad chum a bhais le mor dhillseachd, creid-eamh, agus foighidin, agus gu h-araidh an deigh bais an teachdair agus an mairtearach dilis sin, Mr Donull Carigill an 12 de mios deireannach an t-shamhraidh 1681, chuir e roimhe-

gu 'n tilgeadh e chrannchur maille ris na fianaisean sin anns an aobhar airson an d' fhuiling iad, agus bha e 'n deigh sin air a neartachadh agus air a dhaingneachadh anns an an sin, agus a faotainn a leithid do theagasg ann, agus o 'n fhocal, air a sheuladh air anam, 's nach robh e 'n comas da na h-uile buaireadh, deuchain, agus trioblaid, o na h-uile laimh, a chreideamh atharrachadh gu la a bhais.

Air tus nuair a thainig e na 'm measg, bha e mi-chomasach gu 'n an aire a thoirt da; oir an uair a bha cuid a labhairt mu cuirp na 'm mairtearach a chaidh chuir gu bas aig a Ghallolaidh a thoirt air falbh, bha Renuic air thoiseach anns a chuis. Ach cha b' fhada an deigh sin nuair a b-eigin teicheadh do 'n Olaind, agus an sin choinnich e cairdean a bha air theicheadh mar bha e fein; le 'n coghnadh-san bha e air ordughachadh le aon de oilthighean na h-Olaind gu bhì searmonachadh an t-soisgeul, agus air dha sin tachairt, chuir e roimhe piltinn do Alba chum an t-shraaigh bhochd a bha a air an geur leamhuinn; air dha teisteanas laidir, lionmhor fhaotainn mu orduchadh agus fhoghlum, gu h-araidh anns na canain Eabhra agus Ghreigis, o na oilthighean. Fhuair e long ullamh gu cur na sgaoil do Albainn, chaidh e air bord; ach air dha feitheamh beagan laithean airson gaoth, bha e fo lethid do mhi-mhisnich le luchd turais aindiadhaidh a bhì sparradh deoch slainte an rìgh, 's gu 'm b-fheadar dha an soitheach sin fhagail, agus dol air bord soitheach eile a bha dol gu Eirinn, Thainig doinionn orra cho mòr, 's gu 'm b-eigin doibh dol a stigh gu Sasgum, a bha trìomh cheile an nair sin le feall a bhatar a deanamh gu beatha an rìgh a ghabhail, 's gu 'm robh e ann an eunthart; ach an deigh iomadh deuchainn air fairge, rainig e sabhailt Bail-o-cliar far an robh aige iomadh connasachadh ris na ministearan ann an sin, air son an eul-sleamhachadh, agus a neor thoirt; agus gidheadh ehlachd se e fein ann an leithid do dheigh buanachaidh soisgeukach, 's gu 'n d' fhag e lethid do mhothachadh air an inntinn e bhì na ogranach diadhaidh, eudmhor, 's gu 'n d' rinn iad euideachachadh ris gu bhì faotainn aisig aithghearr gu Alba.

Anns a bhliadhna 1683, thoisich e obair a mhinistrealachd ann an Alba, le bhì togail fianuis air taobh bratach Chrìosd far an robh i air a suidheachadh, agus a bha nis air tuiteam le

bas na 'm mairtearach Mr Cameroin agus Cargill; so a rinn e ann an neart a Mhaighstir, gu bhi cumail suas aobhar Chrìosd a dh' aindeoin foirneart a thigeadh o gach laimh.

Ann am meadhon nan deuchainibh so, ghabhadh ris le sluagh bochd a bha air an geur leanmhuinn; agus a chaill a' maoin saoghalta gu h-ìomlan air sgath an t-soisgeul. Chum e a cheud choinneamh fhollaiseach air blar-mointich; ann an aird-an-iar na h-Alba, far an do mheas e iomchuidh ecur fa chomhar a phobuill, mar ghairmeadh e chum drèuchd na minstrealachd; agus an taobh a bha e cur roimh' a' ghabhail; mar an ceudna dh' fhosgail e inntinn dhoibh mu na ceistean a bha cuir leithid do amaladh feadh na tìre; agus a' feuchainn co iadsan ris nach b-urrainn da e fein aonadh; aobharan airson sin; gu h-araidh cul-sleamhnachadh mhinistearan, o aobhar an Tighearna.

An deigh so thugadh iomadh ionnsuidh air a chlu a bhriseadh; cha b' ann amhain le sluagh ain-diadhaidh, ach mar an ceudna le luchd aideachaidh, a thuirtnach b-ann do fhìor eaglais na h-Alba a bha e idir; gu 'n d' rinn e ministearan Alba iomasgarradh: nach robh ann ach fear saobh-chrabhaidh, 'sgu 'r e a bha air aire a bhi deanamh buidheann dha fein. Bha e air a neartachadh seasamh fo na deuchainibh so; oir cha do sheas riamh Cleireanach ni bu ghlainne 's ni bu dillse da aobhar Chrìosd an Alba, na Seumas Renuic.

Cha b-urrainn a dhillseachd, a bha nis air cinntinn ainmeil; gun theachd gu cluasan na h-ard-chomhairle; chuir e fo n' ghlan chuthach iad, e bhi searmonachadh anns na glinn agus anns na coilltibh; ni thug orra geur leanmhuinn a thogail as a dheigh ni bu deine 's ni b-ain-iochdmhor na rinn iad air duine eile a bha roimhe anns an rioghachd. Chuir iad gu follaiseach an ceill e mar cheannairceach, 's mar fhear-dobheart; ruaig iad a luchd leanmhuinn leis an deineachd sin a bha 'n comas corruich agus naimhdeas ifrinneach a dheilbh; ach gidheadh, mar bu mho, chaidh an saruchadh, 's ann a b' fhearr a dh' fhas agus a lionmhoraich iad.

Sa bhliadhna 1684, thoisich a dheuchainibh o naimhdibh, agus a mhi-mhisneachadh le cairdean, air cinntinn ni bu mho 's ni bu mho; ach air a shon sin, cha leigeadh e dheth la, gun cothrom a ghabhail air an t-soisgeula shearmonachadh; daondan saothreach neo-sgathach 'na obair. Thug so air

na ministearan meagh-bhlathach, a bhi cuir chasaid air, gu 'n robh e streap a stigh air saothair dhaoine eile, oir nuair a bhiodh teachdair eile gu teachd gu scarmonachadh, gu 'n tigeadh esan don' sgire cheudna; be so bu leith-sgeul au casaid; oir thuit air aig am araidh searmonachadh fagus do Phaislig; do bhrigh 's gun do chuireadh fios air le caochladh muinntir anns an aite sin, ach cha robh fios sam bith aige-san gu robh ministear eile gu bhi 'n sin.

B' ann air a bhliadhna so, chionn brath an-iochdmhor a chaidh dheanamh air, chinn na saighdearan ni bu deine nan' saothair gu ghlacadh; b'iomadh dol as comharraichte a bha aige uatha. Air la deireadh samhraidh is e dol gu coinneamh, thug duine caoimhneil de 'n duthaich each dha airson heagan mhilltean gu ghiulan; thainig ofigeach le buidhean each orra gu 'n fhios, gu'n fhaireachadh. Chaidh an dithis dhaoine a bha leis a ghlacadh 'sa leon gu trom. Chaidh esan as uatha, is dhirich e ri beinn chas a bha 'san aite, an toir na dheigh, sa losgadh air co tric 'sa bha 'nan comas, air chor 's gu 'm b-eigin dha an t-each fhagail, le sin chaill e chleochd, agus moran sgriobhaidh, a fhuair na naimhdean. A' faicinn nach robh aite didean sam bith fagus, chaidh e stigh, is e nan sealladh, ann am measg chlachan mora a bha san aite, far an d' fhuair e slochd chum do shnagail e stigh; far an d' rinn se e fein a thiomnadh an ann urnuigh aithghearr ri Dhia, a lan strìochdadh do bheath na bas; mar an ceudna a creidsinn, gu 'm biodh e air a chaomhnadh chum a bhi deanamh obair ni bu mho, leis a phairt sin do na Sgriobtuir a tighinn gu inntinn, "Imichibh uam sibhs' uile luchd deanamh na h-eucorach"—Salm vi., 8. Agus na briathraibh so a ris, "Bheir e aithne da ainglibh mu d' thiomchioll"—xci., 11. Shir, is shir iad sios is suas am am bruthach, ach cha d' thug iad suil idir an taobh a bha esan. B' iomadh oidhche a bha e fein is iadsan a bhiodh maille ris, anns na creagan a b' fhiadhaich a bha san tir.

Thainig litrichean amach na aghaidh, mios mheadhonach an fhoghair, sa bhliadhna cheudna, o 'n ard chomhairle le sparradh teann d'a gach neach, gu'n fhasgaidh, gu'n cheathranan, gun bhìadh, gun deoch, na sochair sam bith a bhuil-eachadh air, agus bha ordugh air a chuir chum na h-uile siorram 'san duthaich a phearsa ghlacadh, sa chuir am prìosan,

ciod air bith aite sam faigheadh iad greim air. Le so bha de 'n t-shluagh dhilis, air am murt 's air am fogairt, ann am fuachd, ann an ocras, is anns na h-uile saruchadh a bha 'n comas nan naimhdean fuilteach a dheanamh orra. Air dhoibh bhi mar so air am foireigneachd, chuir iad fianuis amach an aghaidh an fhoill 'san fhoirneart a bha air a dheanamh nan aghaidh, anns do chuir iad an ceill gu follaiseach gu 'n seasadh iad dileas, duineil le teagasg ceudfaihtean, agus riaghailt eaglais, mar bha e air thoir a nuas dhoibh le gaisgich an Athleasachaidh. Nuair a thainig an fhianuis so a mach air tus, bha Mr Renuic car na h-aghaidh, ach nuair a thuig e gu glan mar bha a chuis, thug e dhoibh aonta. Le sin chaidh an fhianuis a chuir an airde, aig caochlaidh croisean margaidh, agus ri dorsan eaglaisean sgireachd.

An deigh na nithe so a bhi air an deanamh follaiseach ghabh an ard chomhairle an glan chuthach, agus cha b' fhearr luchd maslaidh na 'n sgainnealan an aghaidh an dream a chuir amach an fhianuis ud; chuir an ard chomhairle mach *cuir-an-ceill* feadh na rioghachd, chum an dream a chuir a mach an fhianuis, a ghlacadh, agus duais ochd puinnid fhichead Shasgunach airson na h-uile neach a ghlachta dhiu. O so dh' eirich gu 'n deachaidh moran diu a thilgeadh mar choin anns na machraichean; cuid eile nach toireadh mionnan araidh a bha air an cuir orra, rachadh am binn ditidh a thoir a mach, agus an crochadh gun dail mionaid; dh' fheumadh luchd amhaire a bhiodh ag na bais so a' radh, co aca a chaidh na daoine ud a chuir gu bas ciontach na neochiontach, nan abaradh neach, neochiontach, bha sin gu leor gus an neach sin a chrochadh. Thug an obair ifrinneil so leithid do chradh 's do bhriscadh cridhe da Mr Renuic s gu 'n b' fhearr leis nach deachaidh an fhianuis ud riamh a dheanamh follaiseach.

Cha robh a bhliadhna 1685 dad na b' fhearr. Oir 'sann a bha na naimhdean a strith anis co a neach bu mho a mharbhadh dheth na daoine bochd seachranach so. Se theireadh an namhad, "mharbh mi fear de daoine nam beann an diugh," oir b'e sin an t-ainm a theireadh iad riu; ach a dh' aindeoin air Satan sa sheirbhisich; san deigh dhoibh na bha aca do pheileirean a chaitheamh orra, cha d' fhuair iad riamh an ruin; oir mar bu mho a bha iad air an ruagadh is air an

sealg mar fheidh air na beanntaibh 's ann b'ur lionmhor a chluinnich iad. "Bha 'm preas a' losgadh, ach cha robh am preas air a chaitheamh, oir bha an Tighearna anns a phreas."

Air do'n dara Rìgh Tearlach dol eug, thainig a bhrathair Diuc Uore chum a chruin, glan phapanach, chaidh eubhachd na rìgh toiseach an earraich 1685. Cha do leig Mr Renuic seachad an cothrom, fianuis a thogail follaiseach an aghaidh erun Bhreatuinn a chur air ceann papanach, air an robh ruir shuidhechte obair an Athleaschaidh a thilgeadh bun os cionn, agus an eaglais Phapanach a steidheachadh na h-aite; air an aobhar sin thainig Mr Renuic, agus mu dha cheud fear maille ris, gu baile Seanchar air an 23 de mìos thoisich an t-shamhraidh 1685, far an d'rinn iad follaiseach fianuis sholeimte an aghaidh an ni sin, bha i 'n sin air a gairm Fianuis Seanchar.

Goirid an deigh so, bha'n obair a' meudachadh gach la air a lamhan, le cobhair a thainig air o dithis mhinistearan difis, Daibhidh Houston o Erin, agus diadhair ainmeil eile, Alastair Shielis, a bha ro fheumail da, a thaobh an droch-thuaraisgeil a bha naimhdean a cur as a leth; b'e sin nach robh e airson comunn teachdair air bith eile. B'ann mu'n am so chuir Mr Peden, is e air a leabaidh bha's, fios air, agus air dhoibh a bhi tamull ann an comhradh, dh'aidich Mr Peden, gu'n deachaidh moran bhreug innse dhasan mu thiomchioll; 'san am cheudna ga mhisneachadh gu dhol air aghaidh san obair mhaith, 's gu'm biodh e air a ghiulan ga h-eireichdail troimhe; mar an ceudna ag iarraidh maitheanas air, a chionn gu'n tug e uirread do chreideas da luchd miruin 'sa 'g iarraidh air urnuigh a dheanamh maille ris; ni a rinn Mr Renuic le mor shuilbhreas.

Ann sa bliadhna 1687 thainig ordugh a mach o'n ard eomhairle toirt saorsa do na Cleireanaich *mhoderate* \* meagh bh-lathaich dol a dh'eisdeachd na ministearan, a gabh sochair an t-saorsa pheacach a chaidh thairgse dhoibh, na'n geilleadh iad da'n riaghladh; ach teann ordugh an aghaidh nan teachdairean, a shearmonaicheadh anns na glinn, iad a bhi air an leantuinn le teine is claidheamh. Le so thug Mr Renuic fianuis dhilis an aghaidh na comhairle a thug an t-saorsa,

\* Bha droch mhanadh air an ainm o thoisich. Se so a cheud iomradh ata orra ann an eachdaraidh.

agus na muinntir a ghabh i; toirt rabhadh da'n t-shluagh gu'n ghnais air bith a thoirt di. Nuair a chuala na ministearan meagh-bhlathach so; bha iad air leithid do bhuaireadh na aghaidh, s'nuair a fhuair iad, iad fein air an socrachadh nan gnothuichean, 's nan goircas; leig iad a mach a' miruin le bli gairm, fear-reubainn, papanach, diabhl geal deth, gun robh e falbh na dhiabhl geal feadh na tire, le bratach gheal an diabhail, ag radh gu'n d'rinn e moran ni bu mho do chron da Eaglais na h-Alba na rinn e do mhath dhi. Chum tuille maslaidh thilgeadh air, chuir iad paipearan a mach feadh na tire mar gu'm b'e fein a rinn iad. Ach ged a bha e mar so air a mhaslachadh le luchd aideachaidh, aig an robh anis saimh is socair, bhunaich esan 'na obair, oir bha a dhuine san taobh a stigh a mendachadh ni bu mho, 's ni bu mho; ach bha'n duine an taobh a muigh gu mor air a lughdachadh. Dh'fhas e co lag 's nach b'urrainn e suidhe air each, 's ann a bha e air a ghiulan gu's an aite shearmonachaidh.

Chinn a gheur leanmhuinn aig an am so co dian na aghaidh, oir ann an uine chuig miosan an deigh da'n t-shaorsa pheacach ud, a bhi air a gabhail leis na meagh-bhlathaich, chaidh cuig ionnsuidhean deng ro chruaidh a thoir eum a ghlaicadh. Gu so a mhisneachadh, bha tairgse cheud punnd Sasgunach air a thoirt leis an riaghladh do neach sam bith a ghlacadh beo na marb e.

Air thus na bliadhna 1688, air dha a bhi teachd fagus do chrioch a thuruis, ruithe e luath, agus dh'oibrich e cruaidh, mar Chriosduigh, 's mar mhinisteir. Bha na ruin roimh so ni-eigin a chuir a mach da'n t-saoghal, mar f hianuis a sheasadh air ehuimhne an aghaidh a mhuinntir a thug 'sa ghabh an t-shaorsa pheacach ud, a dh'ainmicheadh a cheana; chaidh e air an aobhar sin do Dhuneidin, ach air an rathad bha dol as chaol aig o bhi air a ghlacadh; ann an Duneidin bha e an-fhoisneach gus an d'fhuair e sin a liubhairt, ach do bhrigh 's nach robh cleir de na meagh-bhlathaich cruinn, chaidh e dh'ionnsuidh Huistean Ceannadaidh a bha na phriomh fhear suidhe sa chleir, agus chuir e 'n f hianais na laimh-san.

O Dhuneidin chaidh e gu siorramachd Fife, far an do shearmonaich e caochladh Sabaidean; b'ann air an 29 de mios mu dheireadh a gheamhraidh a liubhair e shearmoin



dheirreanach ann am Borustanis. Phill e o sin do Dhun-  
eidin, 's ghabh e comhnuidh ann an tigh caraid air Cnochd-  
a-Chaisteil, a bhiodh a reic bathar gun chis a phraigheadh ;  
air dha bhi ni b'u mhi-fhurachail na b'abhaist da—air dha  
am a bhi air teachd,—air dha fear da'm b'ainn Iain Iustis,  
a bha na fhear-frithcaladh ann an tigh osda, esan a chluinn-  
tinn ag urnuigh san teaghlach, chuir e fairidh co a bh'ann,  
thainig e air an ath-mhaduinn, agus thug e ionnsuidh air an  
tigh, a gabhail air a bhi rannsachadh airson bathar mhi-  
laghail, fhuair iad a steach, 'san uair a thainig Mr Renuic  
chum an doruis, thuirte Iustis ris—"Mo bheath air a  
shon mar e so Mr Renuic." Chaidh e 'n sin amach chum  
na sraide, ag eubhachd cobhair a bheireadh a' madadh  
Renuic an tigh-fhreceadan.

Dh'fheuch Mr Renuic is dithis chairdean eile ri teicheadh  
amach air dorus eile, ach bhacadh iad le cach. Le so loisg e  
urachar o dhag, thug orra dhol as an rathad, ach air dha bhi  
gabhail seachad bhuaile aon diu e le maide trom air a bhroil-  
leach, ni a mbili air ruith e. Dol sìos caol shraid a Chaisteil  
gu ceann sraid a Chruidh 'chail e ad, 's mar sin thugadh  
toigh dha, 's chaidh a ghlacadh le beadagan air an t-shraid,  
ach chaidh an dithis eile as sabhailt.

Thugadh a dh'ionnsuidh an fhreiceadan e, 's chumadh an  
sin car uine bhig e. Nuair a chunnaig an Gremach cean-  
nard an fhreiceadan, e bhi co iosal na phearsa, sa leithid do  
ghnuis mhaiseach, oigcil, ghlaodh e "Ciod ! an e so an giu-  
lan Renuic, mu'n robh an rioghachd co mor air a trioblaid-  
eachadh?" Aig an am cheudna thainig aon de 'n luchd riagh-  
laidh a stigh, agus le fìor dhroch oilean, chuir e cleachdan-  
nan fuasgailt as a leth, da'n d'thug e freagairt leis an taire a  
thoill e. Chaidh a thoirt an sin an lathair aireamh de na  
chomhairle; nuair a thug an Gremach thairis dhoibh e,  
thuirte e,—“Thug mi Renuic thairis dhoibh anis, deanadh  
iad ris mar as aill leo.” Ciod a thachair air bheulaobh na  
chomhairle, cha d'fhuaradh amach.

Chaidh chuir am prìosan duinte 'sa cheangal ann an iar-  
ruinibh; co luath so dh'fhagadh na aonar e, chaidh e a dh'  
urnuigh ri a Dhia, a'deanamh tairgse shaor de a bheatha dha,  
a tagar gras chum a ghiulan troimh, agus gu'm biodh a'  
naimhdean air am bacadh o bhi pianadh a chuirp—be sin



leis a bhot, mar rinneadh air Mac Cathail. Chaidh na h-iarrtusan so uile a dheonachadh air doigh iongantach; 's bha sin air aideachadh leis fein le mor bhuidheachas, mu'a deachaidh a chrochadh.

Mu'n d'thugadh dha a chuis dhithidh, chaidh a thoirt fa chomhair an ard fhear riaghlaidh, ann an tigh Mhorair Tairbeairt, agus a cheasnachadh mu thiomchioll a bhi strìochdadh do ughdarras an t-seachdamh Rìgh Seumais, paigheadh cis, agus a bhi giùlan airm aig na coinnidhean achaidh; ceistean a fhreagair e le leithid do shaersinn, agus do sheimheachd sa chuir uamhas air na h-uile a bha lathair. B' e 'n t-aobhar e bhi air a cheasnachadh mu thiomchioll paigheadh cis, gu'n d'fhuaradh leabhar pocaid aige, anns an robh cinnta shearmoin air na puingean so, ris an d'aidich e air ball. Bha mar an ceudna litrichean mora—*capitals*—anns an leabhar cheudna, a bha iad ro dheigheil fhaotainn amach co na daoine a bha air an ciallachadh leo; agus do bhrìgh nach robh e nan comas cron na greim a dheanamh air na daoine sin, dh'innis e dhoibh gu seolta co iad. Nuair a chual' iad cho eugnaidh seolta sa fhreagair e, thraogh sin gu mar an feirg na aghaidh, air chor 's gu'n robh so na mheadhon nach do phian iad a chorp. Dh'fheoraich an t-ard-chomhairliche ris, ciod an t-aideachadh de'n robh e? Fhreagair e, gu'n robh e de'n aideachadh Phrotestanach Chleireanach. A ris, dh'fheoraich iad; ciod bu chian-fath gu'n robh a leithid do eadar-dhealachadh eadar e fein agus Cleireanaich eile, a bha reidh ri ughdarras an Rìgh, agus a gabh an t-saorsa? ciod a shaoil e dhiubhsan? Fhreagair e, gu'm bu Chleireanach e, agus gu'n robh e seasamh ris na seann bheachdan Cleireanach, ceud faithean leis an robh na h-uile ceangailte leis a Chumhnant an cumail suas, agus bha aon uair air an aideachadh, 's air an cumail suas leis an rioghachd o na bhliadhna 1640 gus a bhliadhna 1650, o na chul-shleamhnaich iad airson saorsa bheag, cha'n eil fhios aca cia fhad, mar rinn sibh fein airson onair bheag. Fhreagair an t-ard-chomhairliche, 's thug each an aonta, gun robh iad ag creidsinn gu 'm b-iad sin na fìor bheachdan Cleireanach, agus gu 'n deanadh na Cleireanaich eile an aideachadh cho math rìsan, na 'm biodh uibhir a mhisneachd aca. An deigh na h-uile car, fhuair e chuis dhithidh air an 3 la de ceud mhios an earraich 1688;

air na tri puigean so, a bhi ag aicheadh ughdarras an righ; an dara, nach robh e laghail a bhi ag iocadh cis; san treas puig, gu 'n robh e laghail a bhi giulan airm gu neach fhein a dhion. Fhuair e cuig laithean gu freagradh a thoirt da na puigean sin.

An deigh dha chuis dhitidh fhaotain, fhuair a mhathair comas dol a stigh ga fhaicinn, ris na labhair e moran do bhriathran taitneach, Air a cheud sabaid bha e doillich gu 'n robh a threud bhoichd gun aodhair, 's gu 'm feumadh e anis am fagail; thuirt e na faigheadh e a roghainn, "Nach b-urrainn dha smaoineachadh air gu 'n ghrath, dol a stigh a rithist anns a chomhraig ri corp peacaidh agus bas; gidheadh na 'm biodh e ris dol a shearmonachadh anns na fasaichean, cha 'n fheudadh e dol leud na roine o'n fhianuis a thug e, agus gu 'm biodh e fo chomain a bhi cleachdadh an aon shaorsa, agus dhilseachd 'sa rinn e riamh." Sgriobh e litir air Diluan, an 6 la, ag asluchadh gu 'n rachadh fios a chuir a dh' iennsuidh na muinntir a bha an ainmean na leabhar poid ann an litiribh diomhair, agus a dh' innis e co iad, chum s' nach tigeadh trioblaid sam bith orra air a sgathsan; ann an co-dhunadh na litir, thuirt e "'Se m' iarrtas nach teid trioblaid a chuir air neach sam bith air mo shonsa, ach gu 'n dean iad aoibhneas maille risan, a ta le dochas agus aoibhneas a feitheamh uair a chrunaidh." Aig am eile, dh' fheoraich a mhathair cia mar bha e; fhreagair e gu 'n robh e gu math, ach o am a cheasnachaidh gur gann a b-urrainn da urnuigh a dheanamh. Bhuail uamhas a mhathair; ach thuirt e gu 'm b'u ghann a b-urrainn e urnuigh a dheanamh, leis mar bha e air a lionadh le moladh, agus air eigneachadh le aoibhneas an Tighearn. Thuirt a mhathair ris gu 'n robh eagail oirre gu 'm fannaicheadh i; "an uair," ars ise, "a chi mise an ceann 's la lamhan sin air an cuir suas a meag chaich air port a bhaile, cia mar sheallas mi orra." Le fiamh ghaire fhreagair e, nach faicheadh i sin, oir thug mise mo bheatha h-aithris do 'n Tighearn, agus ghuidh mi gu 'n ceangladh e suas mo bhuill; agus tha mi dearbhta nach ceadaichear dhoibh aon chuid mo chorp a phianadh, na aon roinneag de mo cheann a laimhseachadh, s' fhaide na mo bheatha ghabhail. Nuair a ghlacadh e, bha mor eagal air gu 'n rachadh a phianadh leis a *Bhot*, ach fhuair e dearbhadh

an deigh so nach b-eagal da a thaobh a ni sin, agus tre ghras chaidheadh e gu bhí ag radh, “gu ’n robh eagal a ni sin air a thoirt air falbh cho mhor, ’n gu ’m bu roghnaich leis a bhí air a thilgeadh an coire do ola ghoileach, na ni bu lugha a dheanamh chuireadh lethtrom air an fhirinn.” Fhuair cairdean eile a steach ga amharc ; dh’ earalaich e iad, an sith ri Dia a dhéanamh cinnteach, agus seasmhachd na shlighibh-san a chnuasachd ; air dhoibh a bhí ag caoidh, a thoirt uatha, thuirt e riu, “Gu ’m bu mho bu choir dhoibh a bhí moladh an Tighearn gu ’m biodh e anis air a thoirt air falbh o na maslaidhean a chaidh a thilgeadh air, sa bhris a ebridhe, nach b-urraimn a bhí air an glanadh air falbh air dhoigh eile, eadhon ged a gheibheadh e a bheatha, air doigh san gabhadh e i, gu ’n chiurradh da ’n fhirinn.

Air Diluan, 8 la de ceud mhios an Earraich thugadh e air bheulaobh na’ morairean dearga, ’san uair a chaidh a chuis dhithi a leughadh, dh’fheoraich cleireach na’cuirt deth, an robh e seasamh ris na dh’aidich e roimhe, agus an robh e ag aideachadh ris na bhia anns a chuis dhithidh? Fhreagair e “gu’n robh anns na h-uile pong, ach far am bheil e air a’ radh, gu’n do thilg e dheth uile eagal De : Tha mi ag aicheadh sin ; oir is ann do bhrigh ’s gu bheil eagal orm peacachadh an aghaidh Dhe, agus a lagh a bhriseadh, tha mi mo sheasamh an so ullamh gu bhí air mo dhiteadh.” Dh’fheoraich iad deth an sin, “An robh e striochdachd do ughdarras, agus gu’m be an Seachdamh Rìgh Seumas ard uachdaran laghail? Fhreagair e “Tha mi ag aideachadh, ’sa seasamh leis na h-uile ughdarras aig am bheil an seasamh ’san crìochan o fhocal De ; ach cha’n urraimn dhomh an duine mi cheart sin aideachadh mar rìgh laghail ; air dhomh a bhí faicinn, o fhocal De, agus o laghan aosda na rioghachd so, gu bheil a leithid do neach mi-chomasach air riaghladh, agus mar an ceudna nach eil na laghan sin a ceadachadh do neach sam bith crun na h-Alba a chuir air a cheann, ach an mionnaich e an creideimh Protestanach a dhion ; ni nach urraimn do dhuine aidmheil san a dheanamh.” Dh’fheoraich iad a ris, Am b’urraimn e aicheadh e bhí na rìgh? Nach b’e brathair an rìgh nach maireann e? An robh aig an rìgh nach maireann clann dhligheach? Nach robh e air chuir an ceill na rìgh le gnìomh parlainaid? Fhreagair e “Gu’n robh e gu’n teagamh

na rìgh air a chaithir ann an seilbh, ach nach robh e na rìgh a reir lagh na rioghachd; gu'm b'è brathair an rìgh nach maireann e, cha b'fhiosrach esan air a chaochladh; cia uir-read a bha chlann aig an rìgh nach maireann, nach b'aithe dha: ach o f hocal De, bu choir a bhi na riaghailt da na h-uile lagh, agus o laghan aosda na rioghachd, nach robh e na'n comas f heuchainn, gu'n robh coir sam bith aige, agus nach b-urrainn coir a bhi aige air a bhi na rìgh." B'i 'n ath cheisd; An robh e ag aideachadh, agus a teagasg gu'n robh e mi-laghail a bhi paigheadh cis agus mal da'n rìgh? Fhreachair e " Mu thiomchioll na cis a ta air a togail san am so, airson an neach so a ghabh air a bhi na rìgh 'an aghaidh coir is ceart, tha mi ga mheas mi-laghail a paigheadh, do bhrìgh gu bheil e maraon foirneartach air an iochdaran a h-ìocadh, chum cumail suas ain-ìochd is aintighearnas, mar an ceudna, tha chis so air a leagail airson a bhi cuir as da'n t-soisgeul. Am biodh e air a shaoilsinn laghail da na Iudhaich ann an laithibh Nebuchadnessar, gun toireadh gach aon diu leis meall guail, a theasachadh an amhuinn theinnteach a bha agus an triur chloinne a losgadh, ged' iarradh an rìgh ain iochdmhor sin orra?

B'i 'n ath cheisd, An robh e ag aideachadh gu'n do theagaisg e da luchd eisdeachd teachd armaichte, chum na coin-neamh, agus nan tigte orra, cogadh an aghaidh an naimhdean? Fhreachair e " Bhiodh e maraon ann an aghaidh reusan, agus diadhaieachd, gu'n sin a dheanamh; dheanadh sibh fein a' ni ceudna, na'm biodh sibh anns an aon suidheachadh ruime. Tha mi ag aideachadh gu'n do theagaisg mi dhoibh airm, gu iad fein a dhion, agus gu bhi cuir an aghaidh 'ur foirneart ana-ceart sa. Dh'f heoraich iad an sin, an robh e a gabhail ris, gu'm bu leis an leabhar pocaid, agus an da shearmoin a bha sgriobhta innte, a fhuaradh aige, agus an do liubhar e'n da shearmoin sin? Fbreagair e, " Gabhaidh mi riu, mar do chuir sibhse ni riu sibh fein, agus tha mi ullamh chum na firinnibh uile a ta annta, a sheuladh le m' fhuil." Air da aideachadh uile a bhi air a leughadh thairis da, dh'iarradh air ainm a chur ris. Thuirt e " Nach cuireadh, do bhrìgh 's gu'n robh e ga mheas mar a bhi toirt seorsa aonta do'n ugh-durras aca-san." Air dha dhiultadh caochladh uairean a dheanamh, thuirt e " S mi togail fianuis, cuiridh mi m'ainm

ris a pháipeir, mar as e m' f hianuis e, ach cha'n ann, ann an umhlachd dhuibhse."

Chaidh an sin an luchd breth a ghairm, agus a' mionnachadh; cha do labhair e bheag na'n aghaidh, ach gu'n do thog e fianuis, "Nach suidheadh neach a toirt breth air-san a bha 'g aideachadh ceud-faithean, Protestanach, na Cleireanachd, na bha gabhail orra bhi seasamh taobh obair cumhnantaichte Athleasachaidh." Bha moran de'n luchd breth na'n luchd aidichidh. Bha daoine uaisle ann, a dhiult gnothuch a ghabhail ris a chuis. Thuirt fear de na daoine uaisle so, 'se tarsuing as, nuair a chual e Mr Renuic a tionndadh agus a labhairt riu. "Tha mi air bhall-chrith a bhi dol a ghabhail beatha, a choltach sin do dhuine diadhaidh, cha dhean mi e, ged a bheireadh sibh nam mo ehuid an t-shaoghal." Fhuaradh leis an luchd breth ciontach e, agus chaidh a bhinn a thoirt a mach—Gu'm biodh e air a chrochadh an ath Dhi-h-aoine ann am Margadh an fheoir. Dh'f heoraich Morcar Ghlinn-iuch, an t-ard breitheamh dheth; "Am biodh e airson tuille uine?" Fhreagair e "Gu'n robh e an t-aon ni dhasan; na'm biodh an uine ni b'fhaide, gu'n robh sin gu math; na 'm biodh i ni bu ghiorra gu'n robh sin gu math; 'se am mo Mhaighstir an t-am is fearr." Chaidh an sin a thoirt air ais do'n phrìosan. Chaidh dail chuig la eile chuir na bhas, a thug air iomadh a bhi a toirt bheum.

Cha robh a h-aon de na dh'f huiling aons na ochd bliadhna fichead chianail ud, a labhair ni bu dana, ni bu tupaidd, 's le ni bu mho do shaorsa na Seumas Renuic air bbeulabh na cuirt; gidheadh cha robh a h-aon de na mairtirich da'n d'f heuch iad uimhir do chaoimhneas. Leig iad da labhairt gu saor, gu'n eis, na bacadh; ge d' an d'thug e 'n tiodal moralr do h-aon diu, ach Morair Ghlinuich, a bha na dhuin' uasal do thaobh breth. Agus ged nach d'f huair a chairdean cead ga fhaicinn, fhuair Papanach agus Easbuigean comas dol far an robh e. Chaidh an t-Easbuig Paterson tric ga shealltuinn; agus bha e'n ro gheall air gu faigheadh e bheatha dha, ni bha gle f hurasd f haotainn, na'n guidheadh e fein air son sin. Dh'f heoraich an t-easbuig deth; "Am bheil thu saoil sinn, nach bi duine sam bith air a thearnadh, ach iadsan ata do aon bheachd riutsan?" Fhreagair e, "Cha tuirt mi is

cha do smaonaich rianh, nach rachadh neach a thearnadh nach biodh a reir mo bheachdansa; ach is iad so firinnean airson am bheil mise fulang, agus cha b'ann le braiseadh, ach le cnuasachadh fada, a ta mi air mo steidheachadh gur airidh iad fulang air an son. Ghabh an t-easbuig a chead dheth, a cur an ceill gu'n robh e ro bhronach air a shon, e bhi co tearn bharaileach. "Bu mhor am beud," ars esan, "e bhi deth lethid a bheachdan, oir is maiseach an gille og e." Chuir e fios gu Mr Renuic an oidheche mu'n d'f huiling e, mu bha ni sam bith na chomas a dheanamh air a shon, gu'm biodh e ro thoilichte a dheanamh. Chuir Renuic taing da ionnsuidh airson a shuairceas, ach nach b'f hiosrach esan air ni sam bith bu chomasach e, na dh'iarradh e air, a dheanamh air a shon.

Chaidh caochladh athchuingean a sgrìobhadh le iomadh neach, ann an doigh cho fabhorach 'sa bha 'n comas do' laimh 's do inntinn duine a dheilbh, 's cho do choltas strìochdaidh da'n riaghladh, sa chuir da ionnsuidh chum ainm a chuir riu; ach cha deanadh se e; chaidh a thairgse dha, na'n feigeadh e boinne dubh tuiteam air mir paiper, gu'm bu leor e, ach cha deanadh sin gluasad air. Chaidh an sin a chumail ann an leithid do shas, 's do theannachadh, 's nach bu chomasach da a bheag sam bith a sgrìobhadh. Chaidh an f hianuis bais a thoisich e ri sgrìobhadh a thoirt uaithe, agus na h-innealan sgrìobhaidh a thoirt air falbh.

Tri laithibh mu'n d'f huiling e, chaidh a thoirt air bheulabh na h-ard-chomhairle, ach cha d'f huaras fios ciod a thachair an sin, amhain gu'n dubhairt iad ris, gu'n do nochd iad mor chaoimhneas da, gu'n d'fhug iad tuille uine dha gu'n irraidh, ni nach d'rinneadh do neach roimhe de'n t-seorsa. Fhregair e iad le suilibhearas neo-chumanta, cuir an ceill an t-aobhneas a bha aige ann a bhi fulang maslaidh airson ainm a Mhaighstir. An deigh sin dh'fheoraich cairid ris, Cia mar bha e? Fhregair e, gle-mhath; agus bithidh mi moran ni's fearr an ceann thri laithean. Thuirt e ri mhathair, gu'm b'e crochadh Raibeart Graidh (mairtearach treun) an crochadh mu dheireadh a chunnaig e, 's gu'n robh faireachdainn Iudir air inntinn, gu'm be f hein an ath neach. Thuirt e tric gu'n robh e faicinn feum airson f hulangas anns an am; agus gu'n robh e dearbhta gu'n deanadh a bhas ni bu mho do dh'f heum, na ged a bhiodh e beo iomadh bliadhna. Chaidh f heoraich

dheth, ciod a tharladh da'n fhuighcal a dh'fhagadh e na dheigh? Freagar e gu'm biodh cuis gu math maille riu; oir cha treig Dia 's cha thilg se dheth oighreachd fein.

Air la a bhais, ghuidh ard fhear gleidhidh a phrìosan air, nach labhradh e mu aobhar a bhais aig a chroich. Thuirt Mr Renuic ris, An ni a bheireadh Dia dha gu labhairt, gu'n labhradh e sin, 's nach labhradh ni na bu lugha. Thuirt fear coimhead a phrìosan ris, na'n cuireadh e ainm ris an ath-euinge, a bha aig na laimh, gu'm faigheadh e a bheatha fathast. Fhregair e nach do leugh e riamh anns an sgriob-tair, na ann an cachdaraidh na' mairtearach, a bhi ag as-luchadh airson am beatha nuair a ghairmte iad gu fulang airson na firinn; ged a theagamh gu'n iarradh iad orra gu'n am beatha ghabhail agus fianuis a thogail ann an aghaidh an aingidheachd a bhi ga'm mortadh, ach do mo thaobhsa mheasainn a ni sin a dheanamh, mar a teicheadh sa dol air ais o'n fhirinn, sa bhi cuir cul ri fianuis a thogail airson Chrìosd.

Fhuair an sin a mhathair agus a pheathraichean cead da fhaicinn; an deigh dhoibh urachadh a ghabhail, air dhasan buidheachas a thoirt, thuirt e, "O Thighearn, thug thu mi, an uighe da uair uine do'n t-siorruidheachd, 's cha'n eil e cuir ni's mo uamhas orm, na ged a bhithinn gu luidh sios air leabaidh rosan; seadh, tre ghras chum do chliu, feudaidh mi a' radh nach robh eagal bais orm o na thainig mi do n' phrìosan so; ach o'n dearbh aite san deachaidh mo ghlacadh b-urrainn mi dhol gu seimh gu lobhta na croich. O! cia mar is comasach dhomb a bhi seasamh, ri bhi ann an da uair do uine ag giulan crun gloir." Dh'earailich e an sin iad, a bhi deanamh ullamh airson bais, "Oir is e sin," ars esan, "righ nan uamhais, ged nach eil e mar sin dhomhsa 'nis, mar bha e iomadh uair dhomb ann mo sheachranaibh, is ann mo dheuchainibh, nuair a bha mi ga'm fholach fein anns na beanntaibh; ach a nis bitheamaid subhach agus aoibhneach, oir tha posadh an Uain air teachd, agus rinn a cheile i fein ullamh. An do shaoil leamsa riamh gu'm biodh eagal fulangais agus bais air a thoirt air falbh mar so uam? Ciod a their mi ris, "Is ann o'n Tighearna tha so; is iongantach e 'nar suilibh-ne." Is iomadh uair a mheas mi 'n costuis, Crìosd a leantuinn, ach cha do thuig mi riamh gu so, gu'm



biodh e co socrach ; agus co aig tha fios air urram agus sonas sin a nis. “ E san a dh’aidicheas mise an lathair dhaoine, aidichidh mise esan am fianuis m’Athair. ’ Thuirt e iomadh uair, “ Nis tha mise am fagus do ehrioch uine ; ’si m’ iartus a bhi a’ moladh an Tighearn, tha e na shith riarachail, agus do-labhairt taitneach dhomh, gu’n do chum e mi o aontachadh anns a ni bu lugha, leis na naimhdean.” Air dha a mhathair f haicinn a’ gul, dh’earalaich e i a ehuintneachadh, iadsan a ghradhaich ni sam bith roimh Chrìosd, nach b-airidh air iad. “ Na’m biodh gradh agaibh dhomhsa, bhiodh aoibhneas oirbh gu’m bheil mi dol a dh’ionnsuidh m’ Athair, gu bhi faotainn seilbh air ni nach fhaca sul,” &c. Chaidh e ’n sin gu urnuigh, anns an deachaidh e gu mor a mach ann am moladh, agus a’ tagar gu h-araidh as leth an f huigheal a bha fulang, gu’n togadh an Tighearna fianuisinn, a bheireadh an teistean sios chum ginealaichibh a bha teachd, agus nach fhagadh an Tighearna Albainn : mar an ceudna, ag aithris mor mhuinighin dochais, gu’m biodh an Tighearna grasmhor do Alba.

Mu dheireadh, air dha an drum a chluinntinn a’ bualadh airson an fhreiceadan, thainig braiseadh do ghradh air, is thuirt e,—“ Sud agaibh am faireachdain deagh-bheaththa eum mo phosaidh ; tha ’m fear-nuadh-posda teachd ; tha mi ullamh, tha mi ullamh.” Ghabh e ’n sin a ehead de mhathair agus de pheathraichean, a’ guidhe orra gu’n a bhi fo dhiobhail misnich ; oir, ma’s biodh crìoch air so uile, gu’m faicadh iad aobhar molaidh ann an obair an la sin. Chaidh thoir an sin mar bu ghnathach a dheanamh, gu tigh iosal na comhairle, agus nuair a’ leughadh a bhinn-ditidh, dh’iarradh air ni sam bith a bha aige ri radh a labhairt an sin. Fhregair e, “ Cha’n eil ni agam ri radh ribh, ach a ni sin a ta sgrìobhta ann an Ieremiah xxvi., 14, 15, “ Air mo shonsa feuch tha mi ’nur laimh,” &c. Dh’innseadh dha gu’m buaileadh na drumaichean aig an aite mhillidh fad na h-uine, agus gu’m b’fhèarr dha urnuigh a dheanamh anns an aite san robh e, ach dhiult e sin a dheanamh, ag radh, nach do smaoinich e ni sam bith ro-laimh, ach gun labhradh e gu saor, na bheirte dha ri aithris. Thairg iad an sin dha ministear sam bith gu bhi maille ris ; ach fhregair e, “ Na’n gabhainn a h-aon dhiubhsan air son mo sholas na mo chomhairlichean, cha

bhithéann an so an diugh.” Cha’n eil mi ag iarraidh ach an aon duine so—b’e sin an caraid a bha maille ris aig am a bhais.

Dh’imich e ’n sin chum na croich le mor shuilbhearas, mar neach ann am braiseadh do chaithream aoibhnis, ’s cha’n fhacas a leithid do aireamh shluaigh, riamh roimhe aig bas millidh; ach cha robh a bheag air a chluinntinn, do bhrigh ’s gu’n robh na drumachan a bualadh gun lasachadh fad an ama, on a chaidh e suas air faradh na croich, gus an do thilgeadh thairis e. Ach le eud cairdean a bha ’m fagus da, bha beagan de bhriathran deireannach air an cumail air chuimhne.

Nuair a thainig e ’n tus gu lobhta na croich, dh’iarr cuid air gun dad a labhairt, do bhrigh ’s nach cluinneadh an sluagh e; ach air sin cha tug e feart sam bith. Bha h-aon de na gearraich na sheasamh ri taobh na croich, a thoisich ri campar a chuir air, le radh, “Aidich ar righ, agus ni sinn urnuigh air do shon.” Fhreagair e, “Cha bhi cuid agam detl bhur urnuighean; thainig mi an so, chum fianuis a thogail ’nur ’n aghaidh, agus an aghaidh bhur seorsa.” Thuirt an gearrach, “Aidich ar righ, agus guidhe air a shon, ciod air bith a their thu air ar son-ne.” Fhreagair e, “Cha labhair mi ni’s mo riut; tha mi ann an uine ghoirrid gu taisbeanadh annam fianuis Righ nan righrean, agus Tighearn nan tighearnan, a chuireas taire, naire, agus amaladh air uile righrean na talamhainn nach do rioghaich air a shon.”

Sheinn e ciii. Salm, agus leugh e Taisb. xix., rinn e ’n sin urnuigh, a tiomnadh anam do Dhia tre ’n Fhear-Shaoraidh, agus gu’m biodh a chnis air a cuir ceart na am fein; mar an ceudna cuir fhianuis air an Tighearna, gu’m b’e sud an la’ a b-aoibhnic a chunnaig e riamh san t-saoghal; la’ airson an robh mor fhadachd air. Lean e fada ann am moladh an Tighearna, do bhrigh ’s gu’n do chuir e urram crun na mair-tearachd air; urram a bha mi-chomasach do na h-ainglibh, do bhrigh ’s gun robh e mi-chomasach dhoibhsan am beatha leigeil sios airson am Maighstir rioghail. Ghearan e gun robhas a cuir dragh air ann e bhi ag aoradh do Dhia, ach ars’ esan “Bidh mi oscionn na’n neoil sin; ann an sin bidh mi ga-d’ mhealtuinn, agus gad’ ghloraichadh gun bhacadh, gun sgar, gu siorruidh.

Thug iad air an sin sgar, 'sa dhol suas an fharadh, ni a rinn e, 'san sin rinn e urnuigh, agus thuirt e, "A Thighearna, tha mi basachadh anns an dochas, anns a chreideimh, nach treig thu Alba, ach gu'n dean thu fuil t-fhianuisean siol t-eaglais, agus gu'm pill thu ris, agus gu'm bi thu glormhor 'nar tir. Agus anis, a Thighearna, tha mi ullamh, rinn a cheile, bean an Uain i fein ullamh." Air da na chomhdach a bhi air a chuir air aghaidh, thuirt e ris a chairid a fhritheal air, "Beannachd leat : bi dichiollach ann an dleasdanas, dean do shith re Dia tre Chriosd. Tha deuchainn throm a teachd. Airson an fhuigheal a dh'fhag mi, thug mi thairis do Dhia iad. Innis dhoibh uamsa gun sgiathachadh, na bhi fo' dhiobhail-misnich ann a bhi cumail suas an Fhianuis, agus ullaichidh an Tighearna dhuibh ministearan, agus luchd teagaisg, agus nuair a thig e, ni e na firinnibh tarchuischte so gloirmhor anns an tir." Chaidh a thilgeadh thairis, leis na briathraibh so na bheul, "A Thighearna ann ad laimhsa a ta mi tiomnadh mo spiorad, oir shaor thu mi, Thighearna Dhia na firinn."

Mar sin bhasaich Seumas Renuic dileas, diadhaidh, eudmhor, tri la' an deigh dha bhi sea bliadhna fichead do aois, na dhuin og, na mhinisteir og, ach na Chriosduigh abuich, agus na mhairtearach cliutach airson Chriosd, air sgath nach do ghradhaich e a bheatha gu bas, tre fhuil agus focal fhianuis, thug e buaidh, agus mar sin fhuair e h-aithris air na h-uile ribe, agus bron, agus le mothachadh mhoran a thug roimhe taire dha, a rinn fianuis an deigh a bhais, an aghaidh na h-uile maslaidh, culchaineadh, agus dobheart a chuireadh as a leth, airson a dhilseachd mu'n fhianuis a thug e air taobh na firinn, a bha e 'nis an deigh a seuladh le fhuil, agus le leithid do ionmhas foighidinn, ciuineachd, ioraisleachd, seasmhachd, misneachd, gradh-laiste, agus eud lasarach, a chuir amaladh air naimhdean, a chuir leth-bhreithich ceart, a dhaighnich luchd-stadaich, a thug solas do chairdean, agus mor ioghnadh air na h-uile.

Bha e iosal na phearsa, ro mhaiseach san aghaidh, agus mar bha Daibhidh og, mac Iesse, ruiteach agus sgiambach na ghnuis. Labhair a chuid bu liomhor do shluagh gu maith air a shon an deigh a bhais; thuirt eadhon a mhurtairean gu'n deachaidh e do neamh. Bha Morear Tairbeart aon de'n

luchd comhairle, a labhairt mar so mu thiomchioll—"Se duine bu sheasmhaich na bheachdan a chaidh riamh air ar beulaobh. Bhiodh cuid de na daoine, air uairean, a chuir eadh sinn car tuathal, ach dh'fhartluich oirnn riamh esan a ghlideachadh; far am fagadh sinn e, ann an sin gheibheadh sinn e; na'm b'ann an laithean Nocs a bha e beo, cha ra chadh gu brath a chuir gu bas airson an aobhar cheudna." B'e neach fa dheireadh e, chaidh a chuir gu bas ann an Albainn air son fianuis Iosa, agus saorsainn, aideachadh, agus obair chumhnantaichte, ath-leasachaidh anns an rioghachd.

### FIANUIS SHEUMAIS RENUIC AN LATHA MU'N DH'FHUILLING E.

MO CHAIRDEAN GRAIDH ANN AN CRIOSD,—Bi toil an Tighearn mise a thoirt thairis do lamhan dhaoine, agus tha mi ga mheas mar dhleasdanas, an f hailte fa dheireadh so chuir oirbh mu 'm fag mi 'n saoghail. Nuair a dh'f hosglas mi mo chridhe ann an lathair Dhia, cha bu dana dhomh an crannchur so a sheachnadh, oir cha deanadh ni bu lugha an gnothaich airson a ghloir-san, agus chum saoradh aobharsan as mo leth, agus mar bha mi saor o na h-uile thruaillieachd a at cumanta do chloinn, agus mar bha mi gu iongantach air mo chumail o na h-uile nithe a ta gnathach ceangailte ri cloinn ann an laithibh an oige, mar a ta comasach dhoibhsan a bha colach orm fianuis a dheanamh. O na chaidh mo chuir sa phrìosan so, bha'n Tighearn anabharrach caoimhneil dhomb, rinn e f hocal na sholus, na aoibhneas, na bheatha, na mhisneach, agus na neart dhomh, seadh, bha e dhomh mar mhirr ruiteach cubhraidh.

O ciod is urradh dhomh a radh chum cliu an Tighearn? Cha b'aithne dhomh ach beag dheth gus an d'thainig mi na phrìosan: f huair mi gu faireachdail moran do neart an Tighearn, moran do aoibhneis a Spiorad-san, agus mor dhearbhadh o f hocal agus o a Spiorad tiomchioll mo shlainte shiorruidh. B'ann air son steidh mo theagasg a chaidh m' f hulangais a shuidheachadh, oir f huaradh mo dha shear-moin dheireannach a liubhair mi mu'n deachaidh mo ghlac-adh, agus a sgrìobh mi 'n deigh sin. B' iad na buinn-thea-

gaisg.—Salm lxvi. 10 agus Eabh. x. 28. Chaidh mo cheasnuchadh air an doigh san drinn mi na searmoin sin a chochur ri peacaidh nar latha; dh'aidich mi a ris, agus a ris, na nithe sin uile a shearmonaich mi, mar sin chaidh binn bais a thoirt a'm aghaidh, air na h-aobharan so. Air tus, Do bhrigh nach aidichinn gu'm b'e Seumas an VII. m' uachdaran laghail. An dara—Do bhrigh 's gu'n do theagaisg mi gu'n robh e mi-laghail a bhi ag iocadh cis, a bha gu sonruichte air a leigeil air an t-shluagh, air son a bhi tilgeadh bun oscionn searmonachadh saor agus dileas an t-soisgeul. An treas,—Do bhrigh s gu'n do theagaisg mi gu'm be dleasdanais an t-shluaigh airm a ghiulan gu's an aite san robh an soisgeul air a shearmonachadh, chum iad fein a dhion o f hoirneart ain-iochdmhor luchd-geur-leanmhuinn.

Si mo bheachd gu'r airidh an fhianuis sin iomadh beatha, agus tha mi moladh an Tighearn air son mo dheanamh comasach air bhi soilleir agus suidhichte 'na m'aideachadh uile, oir fhuair mi sith, aoibhneas, neart, agus danachd ann an sin a dheanamh. Tha mi saor ann bhi 'radh nach do bhual mo chridhe riamh mi airson ni 'sam bith a rinn mi ann an aobhar mo Dhia o na thainig mi na phriosan. Agus a bharrachd air sin, 's urradh dhomh a radh chum a chliu, le coguis ghlan, gu'n do shiubhal mi na shlighe, agus gu'n do ghleidh mi fhocal, ged' a b'ann an iomadh laigse, agus anmhuinneachd, mu'm bheil fhios agaibh.

Nise, mo chairdean graidh ann an Criosd luachmhor, mar bha mi beo, mar sin tha mi basachadh, na'm mhinistear de'n fhior Eaglais, athleasaichte, chumhnantaichte na h-Alba; s gu'm bheil mi ag aideachadh, agus a seuladh le m' fhuil, na firinnibh luachmhor a theagaisg mi. Tha mi spar-radh oirbh 'nur reite phearsanta ri Dia ann an Criosd a dheanamh cinnteach, oir tha eagal orm gu'm bheil moran dhibh nach d'rinn sin fathast, agus nuair a thig sibh far an bheil mise, gu bhi ag amharc a bhais ghruamach san eudainn, 's mor a bhios 'ur crith 's bhur uamhas, mar d'rinn sibh greim air beatha shiorruidh

Dh' earalaichinn sibh gu mor dhiochioll a chleachdadh ann am frithealadh air meadhonaibh nan gras; a bhi tric agus dian-iartach ann an urnuigh uaigneach; a bhi a ghnath leughadh focal De, agus da 'r ceasnuchadh fein leis a Bhiobull.

Na sigthichibh aon an deanamh maith, agus seasamh air taobh an fhianuis ; oir an uair a theid Criesd amach gu bhli cuir an anacriosd na bhloighdibh, leis an ainm sin sgrìobhta air a leis, RIGH NAN RIGH, AGUS TIGHEARNA NAN TIGHEARN, ni e an t-ainm sin gloirmhor anns a chruinneche. Ach seachnaibh na ministeran a ghabh an t-saorsa pheacach, oir chaidh a ghrein fodha orra. Na biodh eagal oirbh gu 'n tilg an Tighearn dheth Albuinn ; oir gu cinnteach pillidh e fhathast, agustaisbeanaidhse e feingloirmhor 'nar tìr ; ach deanaidh faire agus urnuigh, oir a tha e gu buille throm, ghoinnte a bhualadh bheir air moran a' radh ; gun d' fhuair iad sochdrach troimh, a fhuair croich air sgath Chrìosd, 's na biodh feairt agaibh air fulanguis an t-saoghail so, oir cha 'n eil iad ri bhì air an coimeas ris a ghloir a ta ri bhì air a foillseashadh.

Their mi chum a chliu, gu 'n d' fhuair mi a chrannc-eusaidh milis agus ionmhuinn dhomh ; oir bhà agam iomadh uair aoibhneach o'n a thainig mi na phrìosan, gu'n aon smaoin eagalach o sin ; neartaich e mi gu dubhlan a thoirt do dhuine, agus aghaidh gu 'n eagal thoirt do 'n bhas ; tha fadachd orm anis airson an uair aoibhneach anns am bi am bothan cre air a sgaoileadh as a cheile, agus cha 'n eile ni-anns an t-saoghal tha g'am d' deanamh bronach fhagail ach sibhse ; ach tha mi dol gu cuideachd ni 's fearr, mar sin gabhaidh mi mo chhead dibh uile. Slan leibh a chomb-luchd fulaing mo ghraidh, a luchd leanmhuinn an Uain ; slan le luchd comuinn Chrìosdail ; slan le mathair agus peathraichean diadhaidh ; slan le coinnidhean uaigneach mhilis ; slan leibh a choinnidhean choitcheinn ion-mhiannuichte. Slan le fuachd, agus seachrain oidheche airson Chrìosd ; slan leat a Bhiobuill, agus a shearmonachadh an t-soisgeul ; slan leibh a ghrian, a ghealach, agus a reultan ; slan le combraig ri corp peacaidh agus bais. Failt ort a chroich airson Chrìosd prìseil ; failt ort Ierusalem neamhaidh, agus air cuideachd do aireamh do ainglibh ; failt air lan choimhthional, agus eaglais nan ceud ghin ; failte air crun ghloir, air eiddidh gheal, agus air laoidh Mhaois agus an Uain ; ach os cionn na h-nìle, failte ortsa O Thrìonaid ghlormhor, agus aon Dia ! O aon shìorruidh ! 'na do laimh tha mi tiomnadh m'anam gu t-fhois shìorruidh.

SEUMAS RENUIC.









